

LIST OF GAELIC BOOKS

And Works on the Highlands

PUBLISHED AND SOLD BY

MACLACHLAN & STEWART,

BOOKSELLERS TO THE UNIVERSITY,

63 & 64 SOUTH BRIDGE, EDINBURGH.

A liberal discount allowed on orders for exportation
or for private circulation.

DICTIONARIES AND GRAMMARS.

M'Alpine's Gaelic and English Pronouncing Dic- tionary, with Grammar, 12mo, <i>cloth</i> , ...	<i>s. d.</i>	9 0
M'Leod and Dewar's Gaelic Dictionary, <i>cloth</i> , ...	10	6
MacPherson's Practical Lessons in Gaelic for the use of English-speaking students, ...	1	0
Munro's Gaelic Primer and Vocabulary, 12mo, ...	1	0
Reading Book for the Use of Students of the Gaelic Class, ...	3	6
Stewart's Elements of Gaelic Grammar, <i>cloth</i> , ...	3	6
Gaelic First Book, 18mo, 2d. ; Second do., ...	0	4
Gaelic Third and Fourth Book, ...	<i>each</i>	0 6
Gaelic Texts (New Code), ...	0	6

GAELIC SONG BOOKS AND HIGHLAND MUSIC.

Athole Collection of Dance Music, etc., 2 vols., <i>folio</i> , 42	0
Celtic Lyre Gaelic Songs, with English transla- tions, and music in both notations, pts. 1 & 2,	0 6
Gaelic Song Book, "The Highland Minstrel," ...	1 0
Killin Collection of Gaelic Songs, with English translation, and music in both notations, <i>folio, cloth</i> , 12s. 6d. ; <i>extra gilt edges</i> , ...	15 0
M'Intyre's Songs, with an English translation of "Coire Cheathaich" and "Ben Dorain," ...	2 0
Mackay's (Rob Donn) Songs and Poems, ...	2 6
Mackellar's (Mrs M.) Gaelic and English Songs,	3 6
Macleod's (Neil) Poems and Songs, ...	3 6
Macpherson's "An Duanaire," a New Collection of Songs, etc., <i>never before published, cloth</i> ,	2 0

64 South Bridge, Edinburgh.

	s.	d.
Munro's Selection of Gaelic Songs, ...	0	4
... Am Filidh, do., with music, ...	1	0
Ross's (William) Gaelic Songs, 18mo, cloth, ...	1	6
Songs of the Gael, music in both notations, ...	0	6
Sacred Songs of the Gael, do. ...	0	6
—		
Alleine's Alarm to the Unconverted, ...	1	6
An T-Oranaiche, by Sinclair, 8vo, cloth, ...	10	6
Assurance of Salvation, 18mo, sewed, ...	0	6
Baxter's Call to the Unconverted, 18mo, cloth, ...	1	6
... Saint's Rest, translated by Rev. J. Forbes,	2	6
Beith's Catechism on Baptism, 18mo, sewed, ...	0	1
Benton, S. Dioghluimean, 'S Na H-Achaibh, ...	1	6
Bonar's (Rev. Dr H.) Christ is All, 18mo, sewed,	0	3
... God's Way of Peace, cloth, ...	1	0
Buchan's Apples of Gold, 18mo, sewed, ...	0	3
Buchanan (Dugald) of Rannoch's Life and Con- version, with his Hymns, 18mo, cloth,	2	0
... The Hymns, separately, 18mo, sewed, ...	0	3
Bunyan's Come and Welcome, 18mo, cloth, ...	2	0
... World to Come, or, Visions from Hell, cl.,	1	6
... Pilgrim's Progress (three parts), cloth, ...	2	6
... Grace Abounding, 18mo, cloth, ...	2	0
... Water of Life, cloth, ...	1	0
... Sighs from Hell, 18mo, cloth, ..	2	0
... Heavenly Footman, 18mo, cloth, ...	1	0
Burder's Village Sermons, 18mo, cloth, ...	1	6
Catechism, Shorter, 1d. Gaelic and English, ...	0	2
Celtic Magazine, Monthly, ...	0	6
Clark's (Mrs) Three Gaelic Poems, with English translation by Kennedy, ...	0	6
Clarsach Na Coille ; a Collection of Gaelic Poetry,	3	6
Confession of Faith, fcap. 8vo, cloth, ...	2	6
Dewar's (Rev. Dr) Gaelic Sermons, 8vo, ...	0	4
Doctrine and Manner of the Church of Rome, ...	0	3
Doddridge's Rise and Progress, 12mo, cloth, ...	3	0
Dyer's Christ's Famous Titles, 18mo, cloth, ...	2	6
Earle's Sacramental Exercises, 18mo, cloth, ...	1	6
Edward's (Rev. Jonathan) Sermon, sewed, ...	0	2
Gael (The), a Gaelic Magazine, bound in cloth, for 1876 and 1877, in English and Gaelic, each	3	6
Gaelic Song Book, the Highland Minstrel, ...	1	0
Grant's (Rev. Peter) Hymns, 18mo, cloth, ...	1	6



Melvin S. Murray
1888

ORAIN GHÀÈLACH,

LE

UILLEAM RÖS.

AIR AN CO-CHRUINNEACHADH RI CHEILE

LE

IAN MAC-CHOINNICH,

ANN AN INBHIRIUE.

AN TREAS CLÓ-BHUALADH.

EDINBURGH:

MACLACHLAN & STEWART, SOUTH BRIDGE.

1877.

"'S DUBHACH MI GUN IOI-ACH SHOLAIR,
ACH TURSA BROIN A SIKK EIGHÉACHD,
A CHRUIT CHIUIL IS BINNE MIRE,
CHA DUISG MO CHRIDHE GU H-EIBHNEAS;
CHA CHLUINN MI TUILLE DO CHORADH,
BU BHINNE NA CEOL NA'N TEUDAN,
NA SMEORACH 'SA GHLEANNAN FRASAICHE,
S NA CUTHAG AIR BHARR NA GEIGE!"



PREFACE TO THE SECOND EDITION.

SINCE the time when Macpherson made a pilgrimage to the Hebrides to garner up the fragments of ancient song, where, to the no small astonishment of Johnson, Hume, and a whole host of unbelieving Saxons, he succeeded in capturing some thousand "feet" of Ossianic verse, there has been a vast influx of Gaelic literature into the market. Songs innumerable have been translated and sung, and various works, too tedious to mention, have first seen the light, arrayed "in the garb of old Gaul;" that is, in the language still spoken by three-fourths of the

people of Scotland north of the Grampians. To add to the number, the Editor for the second time begs to present to the public the Songs of William Ross ; and, in doing so, is happy in the conviction that he can with confidence recommend them as being genuine and correct.

Previous to the publication of the first edition of Ross's Songs, the only record of their existence was their floating through the district on the memories of the people, and the only method of their publication was by the lips of fair maidens and fond admirers.

To rescue the songs of "the secluded unhappy bard" from "the tooth of time and rasure of oblivion," was the sole object of the Editor in publishing the previous edition ; and in proof that he was successful, he has only to say that the book was out of print within the short period of twelve months. This was sufficient encouragement to him to renewed diligence. Accordingly, several new pieces have been added to this edition, to-

gether with three poems by the bard's grandfather, the celebrated *Pìobaire Dall* of Gairloch; and he hopes the pains which have been bestowed, and the manner in which the book is got up, will meet with the approbation and encouragement of all true lovers of the Celtic muse.

GLASGOW, *August* 20. 1834.

A SHORT MEMOIR
OF THE
LIFE OF WILLIAM ROSS.

WILLIAM ROSS, the author of the following Songs, was born in Broadford, parish of Strath, Isle of Skye, in the year 1762. His parents were respectable, though not opulent. His father, John Ross, was a native of Skye, and of an ancient clan of that name, whose ancestors had lived in that country throughout a long series of generations. His mother was a native of Gairloch, in Ross-shire, and daughter of the celebrated blind piper and poet, John Mackay, well known by the name of *Pìobaire Dall*.

It appears that when William was a boy, there was no regular school kept in that part of the country ; and as his parents were anxious to forward his education, they removed with him and

a little sister from Skye to Forres. While attending the grammar school of the latter place, he discovered a strong propensity to learning, in which he made such rapid advances as to attract the notice and esteem of his master; and the pupil's sense of his obligations was always acknowledged with gratitude and respect. This teacher, we are informed, declared, that on comparing young Ross with the many pupils placed under his care, he did not remember one who excelled him as a general scholar, even at that early period of life.

After remaining for some years at Forres, his parents removed to the parish of Gairloch, where the father of our bard became a pedlar, and travelled through Lewis and the other western Isles—and, though William was then young and of a delicate constitution, he accompanied his father in his travels through the country, more with the view of discovering and making himself acquainted with the different dialects of the Gaelic language, than from any pecuniary consideration, the desire of becoming perfectly familiar with his native tongue thus strongly occupying his mind even at this early period of life. And he has often afterwards been heard to say, that he found the most

pure and genuine dialect of the language among the inhabitants of the west side of the Island of Lewis.

In this manner he passed some years, and afterwards travelled through several parts of the Highlands of Perthshire, Breadalbane, Argyleshire, &c., seeing and observing all around him with the eye and discernment of a real poet. At this period, he composed many of his valuable songs, but some of these, we are sorry to say, are not now to be found.*

Having returned to Gairloch, he was soon afterwards appointed to the charge of the parish school

* Among several pieces which the Poet committed to the flames a few days before his death, were a beautiful "*Song to the Seasons*," and a poem entitled "*Trod Dhaormuinn ma Bhrat Armuinn*," the latter beginning,—

“Chuir daormunn àrmunn as fhearann
A dhaoine nach mor am bèud sin?
A's sliochd dhaormuin dhuith na crine,
Bhi cinntin's gach tir cho bràs!”

Of the "*Song to the Seasons*" the following sixteen lines are all we have been able to recover:—

'Nam tigh'n' a steach do'n bhealtain,
'S a chaochl'as greann na'n glasraichean,
'Sa d'fhalbhas speach na'm beanntaibh.
Theid iad air chall 's a chàsair iad,
Cuiridh gach borachan alltain,
Brat Samhraidh ural maiseach orr'

of that place, where he taught with no ordinary degree of success. From the time of his entering upon this charge, it was generally remarked, that he proceeded in the discharge of his duties with unremitting firmness and assiduity, and in a short time gained a reputation for skill in the instruction of the young committed to his trust, rarely known in the former experience of that school. He had a peculiar method and humour in his intercourse with his pupils, which amused and endeared the children to him, at the same time that it proved the most effectual means of impressing the juvenile mind, and conveying the instructions of the teacher. Many of those who were under his tuition still speak of him with the greatest enthusiasm and veneration.

In the course of his travels, and while schoolmaster of Gairloch, he contracted an intimacy

'S gur òibhinn anns am sin,
An sprèigh 'sa chlann tigh'n' dhachaidh leo.

Gur suairc' an ceol, gun bhruailean oirn,
'Ni nualan bho toir caismeachd dhunn,
Bì'dh bà-laoigh og a leum mu'n chro,
Air reidhleìn na'n lon faisge orra
Bì'dh àl gach seors' air bhar an fheoir.
Air àrd ma choir na'n achaidhnean
'S tolinntinn bheo, toirt dhuinn gach sgeoll.
Mar chinneas por na'machraichean.

with several respectable families, many of whom afforded him testimonies of friendship and esteem. His company was much sought after, not only on account of his excellent songs, but also for his general intelligence and happy turn of humour. He was a warm admirer of the songs of other poets, which he often sung with exquisite pleasure and taste. His voice, though not strong, was clear and melodious, and he had a thorough acquaintance with the science of music. He played on the violin, flute, and several other instruments, with considerable skill ; and during his incumbency as schoolmaster, he officiated as precentor in the parish church.

In the capacity of schoolmaster he continued till his health began rapidly to decline. An asthma and consumption preyed on his constitution, and terminated his mortal life, in the year 1790, in the twenty-eighth year of his age. This occurred while he was residing at Badachroe of Gairloch. His funeral was attended by nearly the whole male population of the surrounding country. He was interred in the burying ground of the *clachan* of Gairloch, and a simple upright stone, or *clachchuimhne*, with an English inscription, marks his narrow house.

In personal appearance, Ross was tall and handsome, being nearly six feet high. His hair was of a dark brown colour, and his face had the peculiar open and regular features which mark the sons of the mountains ; and, unlike the general tribe of poets, he was exceedingly finical and particular in his dress. As a scholar, Ross was highly distinguished. In Latin and Greek he very much excelled ; and it was universally allowed that he was the best Gaelic scholar of his day.

It is not to be wondered at, that a being so highly gifted as was Ross, should be extremely susceptible of the influence of the tender passion. Many of his songs bear witness that he was so. During his excursions to Lewis, he formed an acquaintance with Miss Marian Ross of Stornoway (afterwards Mrs Clough of Liverpool,) and paid his homage at the shrine of her beauty. He sung her charms, and was incessant in his addresses,—

“Every night he came
With music of all sorts, and songs composed
To her ;”

But still he was rejected by the coy maid ; and the disappointment consequent on this unfortu-

nate love affair, was thought to have preyed so much on his mind, as to have impaired his health and constitution during the subsequent period of his life. To this beauteous young lady he composed (before her marriage) that excellent song, expressive of his feelings, almost bordering on despair, "*Feasgar luain a's mi air chuairt,*" &c.

As a writer of Gaelic Songs, William Ross is entitled to the highest praise. In the greater number of his lyrics, the bard leads us along with him, and imparts to us so much of his own tenderness, feeling, and enthusiasm, that our thoughts expand and kindle with his sentiments. They frequently display the highest powers of imagination, while they breathe a spirit of affection and delicate tenderness seldom surpassed in Gaelic poetry.

Without going beyond the bounds of "verity and truth," it may be affirmed that his poetry, more perhaps than that of most writers, deserves to be styled the poetry of the heart,—of a heart full to overflowing with noble sentiments, and with sublime and tender passions.

AN CLAR-INNSEADH.

TAOBH DHUILLEAG.

Còmhradh eadar am Bàrd agus Blàth-bheinn, . . .	1
Oran do Shir Eachunn Ghearr-Loch.	3
Oran do Mharcus nan Grèumach,	6
Oran an t-Sàmhraidh,	9
Oran air Gaol na h-Oighe do Chailean,	12
Marbh-Rann do Phriunns-Tearlach,	17
Miann an Oganaich Ghàèlich,	20
Miann na h-Oighe Gàèlich,	23
Oran air aiseag an Fhearainn do na Cinn-Fheadhna,	25
Oran Gaoil (a rinn am Bàrd d'a Leannan,)	27
Moladh a' Bhàird air a Thìr fein,	30
Oran a rinn am Bàrd ann an Dun-Eidinn,	34
Oran anns am bheil am Bàrd a' Moladh a Leannain,	35
Moladh an Uisge-Bheatha,	37
Mac-na-Bracha,	41
Moladh na h-Oighe Gàèlich,	44
Oran mar gun deanadh oig-fhear d'a Leannan,	46
Oran air Cupid, &c.,	49
Cumhadh a' Bhàird air son a Leannain.	52

TAOBH DHUILLEAG.

Cuachag nan Craobh,	55
Oran eadar am Bàrd, agus Cailleach-Mhilleadh-nan- Dàn,	58
Oran do Chailin àraidh,	61
Oran do'n Chailin cheudna,	63
Oran eile do'n Chailin cheudna,	66
Iorram,	69
Brughaichean Ghlinne-Braon,	71
Comhairle 'Bhàird do Mhaighdeanan òga,	73
Oran do fhear túruis,—(Caluman,)	75
Oran mar gun deanadh Seòladair Deasach e,	78
Oran do Dhuin' araidh,	81
Oran Cumhaidh a rinn am bàrd' nuair a phòs a Lean- ann,	84
Oran eile, air an aobhar cheudna,	89
Achasan an Deididh, a deudach Dhomhnuill Fhriseil,	91

ATH-LEASACHADH.

Beannachadh Bàird do Shir Alasdair Mac-Choinnich,	97
Dàn do Shir Alasdair Mac-Dhomhnuill Shleibhte,	99
Cumha Choir' an-easain.	103

ORAIN GHAÈLACH,

LE

UILLEAM RÖS.

COMHRADH EADAR AM BARD AGUS BLATH-BHEINN.

Rinn am Bàrd an t-òran a leanas air dha bhi 'g amharc thar mullach cnuic, ann an Gearr-Loch, air Blàth-Bheinn an àirde Strath-Mhic-Ionmhuinn san Eilean-Sgiathanach, fearann duthchasach a shinnsear: tha e'g aslachadh air a' Bheinn "eachdraidh a sheinn air an linn a thrèig." Tha Bheinn mar gu'm b'ann 'ga fhreagairt, agus a' cur an ceill gun d'thainig caochladh truagh oirre fein, on a sguir a shinnsear-sa dheth a tadhaich.

AIR FONN—" *Tuireadh nam Fiann.*"

MI bhi'm shuidh' air tulaich fhaoin,
'G amharc 'sa smaointeach fadheoidh,
Cluain an domhain truagh an dàil,
Gur cobhartach do'n bhàs gach feoil.

O 's ionmhuinn leam na chi mi thall!
Ribhinn nam beann nach fann gruaim,
'S dh' aithnichinn fein do thulach àrd,
Ge cian a tharladh mi uat

O ! Bhilath-bheinn, àrsaidh, 's fàiltich frìdh,
 Bhiodh mo shinnsear-s' annt' a' sealg,
 Freagair dhomh le comas diamhair,
 O nach robh mi riamh 'gad fhalbh.

'S labhair an t-ùr-sgeul o shean,
 Le 'bhi 'toirt fa'near gach àm,
 O na lathaichean a chuaidh,
 Dh' ionnsaidh an trà thruaigh so 'th'ann.

Dhiuchd an comas sin 'n am dhàil
 Ceart mar b'àill leam no ni 's mò ;
 Ged nach tuig am màl-shluagh dūr,
 'S nach rannsaich iad iùil air chòir.

Ach chualas fathunn grathunn uam,
 Tabhann duanaich le guth fann—
 “ Bu truagh leam do ghlaodh 'bhi 'teirbeirt,
 Mar chaora thearbaidh air chall.

“ B'eol domh t'aitim 's b'ait am béus,
 Bhí 'siubhal sleibhe gun sgìos,
 Ach ré seal bha mise 'g iondran,
 Torghain do bhuidhne 'nam fhrìdh.

“ Chaill na h-ionadan am blàth,
 A's thriall gach Armunn àigh g'a uaigh ;
 Threig a' chruit a h-inneal dàna,
 'S leig a' chlàrsach bàs a fuaim !

“ 'S tha Mac-talla balbh gun chainnt,
 Cha chluinn e caithream, no ceòl—
 Mo dhòigh gun deach' Mac-nan-creag,
 O bhi 'freagairt mar bu chòir.

“Tha mise mar bha mi riamh,
 On a shoillsich grian air là—
 On a dhealraich gealach oidhch’,
 Chuireadh mo ghoibhlean-s’ ’an sàs.

“Mus tainig an dìl’ o neamh.
 Bha mo fhreamhan-s’ air an cur;
 ’S cha dean a h-uile neart an gluasad,—
 Bithidh mi gu buan air am muin.

“Ach tha mi gun Triath talmhaidh còir,
 Mo chóir’ air siol Leòid, leoir an cron.
 Ach na-m faodainn-sa dhol thairis,
 Dhioladh Dùn-cain air a shon.”

ORAN DO SHIR EACHUNN GHEARR-LOCH.

AIR FONN—“*She rose and let me in.*”

THA m’aigne fein ag eiridh leam,
 ’S cha’n fheud mi bhi ’nam thàmh,
 ’S mo rùin air fad ’gam iompachadh,
 ’S mo shunndachd ris air fàs;
 O’n thogas fonn gu h-inntinneach,
 Gu’n seinn mi e gun dàil,
 O’n ’s cuspair fial ri aithris air,
 A charaicheadh mo chàil.

Cuir ort do bhratan sòlasach,
 Dhail-fùdran mhòr nan cluan,

'S biodh do gharrain ró-chrannaibh
 'Gan comhdachadh le h-uaille,
 Biodh co'-sheirm chruiteil, chèol-bhinneach,
 Nan smèdraichean 's nan cuach,
 Seinn furain bhinn air ghèugan da,
 'Cur eibhneis ann a chluais.

Mhic-talla biths' a' freagradh,
 O do chreagan guth nan sonn,
 'S bi 'g aithris ceòl nam feadanan,
 Gu beadarach le fonn ;
 Biodh sòlais bhuan gun àireamh,
 Ag cur fàilteachaidh 'nad fhonn,
 Air ceannard suaire nan Eachunnach
 Cur aiteis air le sund.

Shir Eachuinn Ruaidh nan curaidhean,
 Bu fhraochail guineach, colg,—
 Nam pìob, nam pìc, 's nam brataichean,
 'S nan dù'-lann, sgaiteach, gorm ;
 Dh'an dualchas mor èuchd gaisgeantachd,
 Le tapadh air chul-airm ;
 'S ni'm b' ioghna' leinn an dùchas sin,
 Bhi 'leantainn dlù an ainm.

'S craobh mhullaich, dhosrach àgh-mhor thu
 Dhe'n abhal a's àirde spèis ;
 Gur droighean, ri do dhùsgadh thu,
 Gur seobhae mùil-ghorm trèun ;
 Gur leoghal nach gabh mùiseag thu,
 Na'n cuirt' gu d' chunntas strèup ;
 Gur didean dha do cl àirdean thu
 Nach d'theid gun spà 'n a leum.

Sar cheannard air sluagh curreant' thu
 A dhoirteadh fuil 'sa bhlàr;
 Bhiodh cuimhneach, ciallach, faicilleach,
 Neo-lapach anns an spairn ;
 Bhiodh reubach, fuilteach, faobharach,
 'Sa chaonnaig air an nàmh,
 'S bu treunail colg nan Eachunnach,
 Toirt euchd nan arm thar chàch.

Gur sealgair sithne 'n garbhlach thu
 Nan agh bu mheanmnaich leum,
 'S cuilbheir caol neo-dhearmadach
 'Nad gheala-ghlaic gun chearb glèus.
 'S d' fheara lugh-mhor astarach,
 Gun airsneal as do dhèigh.
 'S bu cheòl gu mìn do chaiseamachd
 'Nuair dh' fhaclaicheadh do bheul.

Gur tearc anns an aois mheirgidh so
 Fear meanman an laoich òig;
 A bhui air ais gu m' chuimhne-sa,
 'Nam inntinn an aois òir ;
 Bhiodh armadh nan sonn gasda sin,
 Mu'm pearsachan gun leon,
 'Sa chonnbhail fhalain threunanta,
 Le cleachdadh béusach còir.

Ach 's lionmhor Triath nach ainmich mi
 Tha'n Albainn mhòr nan cliar ;
 Sud suas le 'n òr 's le 'n airgead iad,
 'Measg almharach gun mhiagh ;
 Mur reic iad còir an duthchannan,
 Mas pill, cha'n fhiù iad trian ;

'S na'n leanadh iad do shamhladh-sa
Cha shloinnt' an call cho miad.

Ach guidheam gach buaidh fhior-ghlan dut
Gun diobradh le deagh rùn,
Mar bu dual o t'aiteam dhut,
Bhi 'd cheannard pailt 'an cliù;
Sar mharcach nan stéud aigeantach,
Nach geilleadh le lag chùis.—
O! guma slàn a chi sinn thu,
Air t 'ais a rìs an taobh s'.

Gun dìth gu do thìr mhullaich thu,
Nam frìdh 's nam fonn ard fial,
Nam beann, nan gleann, 's nan coireachan,
Na monaichean 's nan sliabh;
Gu talla bàn na rioghalachd,
An robh do shinnsear' riamh,
Gu priunnsail, suilbheir, mànranach,
Cur sàraidh ann am fion.

ORAN DO MHARCUS NAN GREUMACH;
AGUS DO'N EIDEADH-GHAÈLACH.

AIR FONN—" *The Waulking o' the Fauld.*"

Is trom an t-arsneul so 'th'air m'aigne,
Le fadachd 's le mi-ghean,
A bhui mo threoir 's mo thàbhachd dhìom,
Cha ghabhadh cèol na mànran rium;

Ach thainig ùr thosgair'* da m' iunnsaidh,
 Dhuisg mi as mo shuain ;
 'Nuair fhuair mi 'n sgeul bha mor ri eigh'd
 Gu'n d'eatromaich mo smuain.

Is làtha sealbhach, rathail, dealrach,
 Alloil, ainmeil, àgh-mhor,
 A dh'fhuasgail air na h-Albannaich,
 O mhachraichean gu garbhlaichean,
 O uisge-Thuaid† gu Arcamh chuain,
 O Dheas gu Tuath gu lèir ;
 Is binne 'n srann feadh shrath a's ghleann,
 Na òrgan gun mheang gléus.

A Mharcuis òig nan Grèumach,
 Fhir ghleust' an aigne rioghail,
 O! guma buan air d'aiteam thu,
 Gu treubhach, buadhach, macanta ;
 'S tu 'n ùr-shlat àluinn 's mùirneil blàth
 De'n fhiubhaidh àrd nach crion ;
 Gur tric na Gaëil 'g òl do shlàint',
 Gu h-àrmunnach air fion.

Mo cheist am firean foinneamh, direach,
 Maiseach, fìor-ghlan, ainmeil,—
 Mo sheobhag sùil-ghorm amaisgeil,
 Tha còmhant, cliùtach, bearraideach,
 A b'àird' a leumadh air each-sréine,
 'M barrachd euchd thar chàch ;
 'S tu bhuinig cùis a bharr gach cùirt,
 'S a chuir air chùl ar càs !

* A herald, courier, or harbinger.

† The water of Tweed.

Air bhi air fàrsan dhomh gach là
 Gur tu tha ghnà air m' inntinn ;
 Mo ruin do'n tìr o'n d'imich mi,
 'S mo shùil air fad gu pille ri.
 'Sann thogas orm gu grad mo cholg
 Le aigne meanmnach treun—
 Mo chliabh tha 'gabhail lasaidh aighir,
 'S ait mo naigheachd fein.

Thainig *fasan* anns an achd
 A dh'òrdaich pailt am féile,
 Tha éiridh air na breacanan
 Le farum treun neo-lapanach,
 Bidh òighean tapaidh 'sniomh 'sa dath
 Gu h-eibhinn, ait, le uail,
 Gach aon diu 'g eideadh a gaoil fein
 Mar 's reidh leo anns gach uair.

Biodh cogadh ann no sìoth-chainnt,
 Cha chuir sin sìor-euchd* oirnn.
 An arm no feachd ma thogras iad,
 No 'n àr-amach cha 'n obamaid,
 Le'r teannadh suas ri uchd an fhuath's',
 Le'r n-earradh uasal fein ;
 Le lannan cruadhach, neart-mhor, buan,
 A leantainn ruaig gun sgìos!

On fhuair sinn *fasan* le'r sàr-chleachdadh,
 Dùisgeadh beachd ar sinnsear,
 Le rùn gun cheilg 's a h-uile fear,
 'S gun mheirgh' air leirg nan Lunnuinneach,
 Le sunnd a's gleus, a's barrachd speis
 Toirt àite fein do'n Rìgh ;

* Tiomachd.

Mo bhàs gun èis mar b'fhearr leam fein sin,
No ge d' éibhte 'n t-sìth!

ORAN AN T-SAMHRAIDH.

AIR FÖNN—“*Now wat ye wha I met yestreen.*”

O! mosgleamaid gu suilbhear ait,
Le sunndachd ghasd', a's éireamaid,
Tha 'mhadainn so le furan caomh
Toirt cuiridh fhaoiltich, éibhinn, duinn;
Cuireamaid fàilt air an lò,
Le cruitean ceòlmhor, teud-bhinneach,
'S biodh ar cridhe 'deachdadh fuinn,
'S ar beoil a' seinn le spéirid dha.

Nach cluinn thu bith-fhuaim suthain, seamh,
'S a 'bhruthainn sgeambail bhlà-dhealtraich,
'S beannachdan a nuas ò neamh
A' dortadh fial gu làr aca:
Tha nàdur a' caochladh tuair
Le caomh-chruth, cuannda, pairt-dhathach,
'S an cruinne iomlan, mu'n iath 'ghrian,
A' tarring fiamhan gràsail air!

Nach cluinn thu còisridh stolda, suaire',
'S an doir' ud shuas le'n òranaibh,
Seinn cliu dha'n Cruthadair fein,
Le laoi-chean ceutach, sòlasach,
Air clorraibh an sgiath gun tàmh,
Air neangain àrd nan rò-chrannaibh,

Le'n ceileirean 'toirt molaidh bhinn,
 Dha'n Ti dh'ath-phill an bèotachd riu.

Gu'm b'fhearr ua bhì'n cadal an tàmh,
 Air leabaidh stàta chloimh-itich,
 Eiridh moch 's a' mhadainn Mhàì,
 Gu falbh nam fàsach feornanach—
 Ruaig a thoirt air bharr an driùchd,
 Do dhoire dlù nan smeòraichean,
 Am bi tùis a's cubhraidh na fion,
 Le fàile ciatach ròsanan.

Tha feartan toirbheartach, neo-ghann,
 'S an am so gun ghreann dubhlachdach,
 Cur trusgain throm-dhait' air gach raon,
 Le dealt, 's le braon 'gan ùrachadh ;
 Tha *Flora* 'comhdachadh gach cluain,
 Gach glaic, a's bruaich le flùraichean ;
 'S bi'dh noinean, ròsan, 's lili bhàn,
 Fo'n dithean àluinn, chùl-mhaiseach.

Tha *Phœbus* fein, le lèchrann àigh,
 Ag òradh àrd nam beanntaichean,
 'S a' taomadh nuas a ghathan tlà,
 Cur dreach air blàth nan gleanntanan ;
 Gach innseag 's gach coirean fraoich
 A' tarruing faoilt na Bealltainn air ;
 Gach fireach, gach tulach, 's gach tom
 Le foirm cur fónn an t-samhraidh orr'.

Tha caoin, a's ciuin, air muir 's air tir,
 Air machair mhìn 's air garbh-shleibtibh ;
 Tha cùirnean driùchd 'na thùir air làr,
 Ri àird 's ri àin na geala-ghreine ;

Bi'dh coill', a's pör, a's fraoch, a's fèur,
 Gach iasg, gach èun, 's na h-ainmhidhean
 Ri teachd gu'n gnàsalachd 's gu nòs,
 'Nan gnè, 's 'nan doigh, 'san aimsir so.

Gur èibhinn àbhachd nìonag òg,
 Air ghasgan feoir 'sna h-aonaichean,
 An gleanntaibh fàsaich 's iad gu suaire',
 A' falbh le buar 'gan saodachadh ;
 Gu h-ùrail, fallain gun sgios,
 Gu maiseach, fialaidh, faoilteachail,—
 Gu neo-chiontach 's gun cheilg, a's gràs
 Nan gaol a' snàmh 'nan aodannan.

Uainn gach mi-ghean, sgios a's gruaim,
 'S na bidheamaid uair fo'n ainneartan ;
 Crathamaid air chùl gach bròn,
 Le fonn, 's le cèd, 's le canntaireachd ;
 'S binn' an tathaich sud mar cheud
 Na gleadhraich éitidh chabhsairean,
 'S mi 'm pillein cùraidh, cùl-ghorm fraoich,
 'S na brughaichean saor o'n champaraid.

Bitheadh easlaint éitigeach, gun chlà
 An didean rimheach sheomraichean ;
 Bitheadh èucailean gun speis, gun bhrìgh,
 'N aitribh rìghrean, 's mhor-uaislean ;
 Biodh slàinte chonnabhalach gach ial,
 Am bùthaibh fial gun stròthalachd,
 Aig Gaëil ghasd' an éididh ghearr,
 Fir speiseil, chairdeil, rò-gheanach !

ORAN AIR GAOL NA H-OIGHE DO CHAILEAN.

Air do'n bhàrd a bhi 'siubhal air feadh Gàeldachd siorramachd Pheirt, thàrladh dha tuiteam air achadh fàsaich far an robh nighean tuathanaich eireachdail maille ri seirbheisich, air àireachas le sprèigh a h-athar. Dh'fhiadhaich i 'm bàrd le caoimhneas gu *fantuinn leo rè beagan laithean, a sgìos a chur seachad, agus iadsan aonaranach, 's dèighcèil air cuideachd*: ghabh e 'n tairgse gu toileach agus dh'fhan e leo—Air dha fein agus do'n chailin èolas math a chur air a chéile dh'innis i dha gu'n robh—“*A h-aighe òg gu trom fo' lòn,*” *le i-fein agus òganach araidh da'm b'ainm Cailean a bh'n deigh air a chéile, agus nach fuiligidh a càirdean d'i a phòsaidh, do-bhrè nach robh e cho saibheir no chò mor-inbheach rithe-se.* Gearr mar a bha 'n ùin a chaith am bàrd na fochar chunnaic e gu tric an ribhinn àigh agus Cailean a' comhlachadh a chéile, ann an glacagan uaigneach an fhàsaich ri conadal diamhair, far an do shonraich iad latha pòsaidh, an ni fadheoigh a thachair mu'n d'fhag e-fein an t-achadh. Chum iad e ri chuid de'n chuirm phòsaidh, a's sheinn e 'n t-òran a leanas do na chàraid shona, agus thriall e air a thuras, a' guidhe—“*Sòlas gun chrich do'n chomun chùin.*”

ANN am madainn chiùin chéitein,
'S an spréidh air an lòn,
Agus cailin na buaile,
Gabhail nuallain mu'n còir;
Do bhi gathanan *Phæbus*,
A' cur an ceill tro' na neoil,
La bhudhaich, ghil, eibhinn,
'S las na speuran le ròs.

Ach cha t'e 'n tàin, bha'd a' tionail,
Ann an innis sa' ghleann,

So' bhuin m'aigne gu luasgan,
 'S mi air chuairt anns an àm,
 Ach an cailin bu dreach-mhoire',
 Mìne, mais', agus loinn,
 Bh'air an tulaich 'nam fochair,
 Gu ciuineil, foistineach, grinn.

Shnamh mo smuaintean an ioghnadh,
 'S thuit mi 'n caochladh ro-mhòr,—
 Sheas mi snasaicht' mar ìomhaidh,
 'G amharc dian air an òigh.
 'S ge do bhrosnaich mo dhùrachd mi
 Dh'eisdeachd ùr-laoidh a beoil,
 Stad mi ris le mūnadh,
 'S dheachd mi rùn gu bhi fòil.

Ach gur deacair dhomh innseadh,
 Leis mar dhiobrainn 'an cainnt,
 Dreach na finn' ud, 's a h-àilteachd,
 A thug bàrr air gach geall;
 Tha slios geala-mhin mar eala,
 No mar chanach nan gleann,
 'Sa h-anail chùrraidh mar chaineal,
 O beul meachair gun mheang.

Bha falt cama-lūbach, bòidheach,
 Bachlach, òr-bhuidhe, 'na dhuail,
 Cäs-bhuidhe, sniomhanach, fàinneach,
 An neo-chàramh, mu'n cuairt
 Do bhràghad sneachdaidh a b' fhior-ghlain—
 Fo' lic bu mhin-dheirge gruaidh,
 Gun innleachd bhàth, ach buaidh nàduir,
 A' toirt gach bàrr dhut gun uail?

Aghaidh bhaindidh, ghlan, mhòdhar,
 Bu bhinne, ròs-dheirge, beul ;
 Suil mheallach, ghorm, thairis,
 Caol-mhala, 's rosg réidh ;
 Uchd soluis, lan sonais,
 Geala bhroilleach mar ghréin
 'S troidh mhìn-gheal, chaoin, shocrach,
 Nach doich'neadh am fèur.

Ach gu dubhar na coille,
 (Am binne 'n goireadh a' chuach,)
 Bha 'm fochar na h-innse,
 Gus an tionailt' am buar ;
 Gu'n do dh'imich an cailin,
 Mìn, farasda, suairc' ;
 Ghleus i guth, 's ghabh i òran,
 'S bu rô-bhinn cheòl 'bheireadh buaidh

B'ann air gaol 'bha i 'tighinn,
 'S rùn a cridhe, 'sa buaidh,
 Do dh'òg-laoch nan ciabh òr-bhuidh,
 An leitir Laomuinn nan cuach.
 Do dhiuchd uiseag, a's smèdrach,
 Am barraibh rò-chrannaibh suas,
 A's sheinn cho binn an co'-ghleus d'i,
 'S gu'n do dh'èisd mi car uair'.

“ O Chailein ! O Chailein ! ”
 Do sheinn cailin nan gaol,
 “ Cia fàth nach d'thigeadh tu tharais,
 Do ghleannan falaich nan craobh ?
 'Us nach iarrainn-s' air m'òrdugh,
 De stòras, no 'mhaoin,

Ach 'bhi 'laidhe 'nad asgail,
Fo do bhreacan 'san fhraoch.

“ Gu'm b'òg mis' agus Cailean,
Ann an gleannan na cuaich ;
A's sinn a 'tional nan dìthean,
Leinn fein feadh nan cluan ;
A's sinn 'gar leagadh 'nar sìneadh,
'Nuair bu sgì leinn air bruaich ;
'S bhiodh na cruitearan sgiathach,
'Cur ar cionalais uainn.

“ Gu'm bu neo-chiontach màmran
Mo ghràidh anns a' choill ;
A's sinn a' mireadh 'nar n-aonar,
Gun smaointean air foill ;
Sinn gun mhulad, gun fhadachd,
O mhadainn gu h-oidhch',
Agus *Cupid* 'gar täladh,
Gu toirt gràidh, 's sinn 'nar cloinn.

“ 'S ge do thainig an samhradh,
'S mi sa' ghleann so ri sprèidh ;
Gur e's tric leam am fàgail,
'S bithidh càch as an déigh ;
'Sann a dhiuchdas mi thairis
Do na gharran leam fein,
Gu bhi 'taomadh mo dhosgainn
Ann am fochar nan gèug.

“ Tha mo chàirdean fo ghruaim rivm,
O'n là 'chual' iad mar thà :
Gur h-annsa leam Cailean
Na fear-baile le 'thàn ;

Ach cha tréiginn-s' mo chéud-ghradh,
 Gus an géillinn do'n bhàs ;
 On a gheall e bhi dìleas,
 Cia fàth mu'n dìbrinn-sa dha ?"

So mar sheinn an caomh chailin,
 Tōsan tairis a gràidh,
 'Sa boid sheasmhach d a ceud ghaol,
 A's nach dìbreadh gu bràth.
 Gach òigh' eile da'n cluinn so,
 Gu'n robh a h-inntinn gu bàs,
 Gu bhi' leantainn an t-samh'l ud,
 Gun a h-anntoil thoirt dha.

Ach air bhi grathunn 'nam thàmh dhomh,
 'S mi gun àbhachd san ròd,
 'S mo chliabh air lasadh le h-èibhneas
 A' tabhairt éisdeachd do'n òigh—
 Chunnacas òganach gasda
 Teachd o leacainn a' chrò,
 'S e le uile shàr imeachd,
 'S b'ann gu innis nam bò.

Bha' dhreach, 's a dhealbh mar bu mhiannach,
 Le òigh iarraidh dh'i fein,
 An tùs briseadh an rùnachd,
 'S i fo h-ùr bhlàth air feill ;
 Beachd a b'fhearr, bu neo-fhurasd
 A thabhairt tuille 'na dhéigh,
 Air an òganach mhaiseach,
 A' teachd o leacainn nan gèug.

Ach sùil dha'n d'thug an t-òg gasda
 Bu rioghail mais' air gach taobh,
 Dhearc air òigh nan ciabh cas-bhuidh',
 Siar fo asgail nan craobh;
 Dheachd a chridhe le furtachd
 Gu'm b'e sud cuspair a ghaoil,
 A's ghuidh e beannachd da 'n chòdhail,
 A bheag am bròn doibh araon.

Is ann an glacaibh a chèile,
 Le mor speis mar bu mhiann,
 Ghlais an dithis ud le èibhneas,
 'S an rùn réidh 'gan cur dian;
 'S o'n bha furan cho tairis,
 'S nach b' fhuras aithris cho fial,
 Ghuidh mi sonas gun dìth dhoibh.
 Gu là na crìch 'us mi 'triall.

MARBH-RANN DO PHRIUNNSA TEARLACH.

CO'-SHEIRM.

SORAIDH bhuan dha'n t-Suaithneas bhàn,
 Gu là-luain cha ghluais o'n bhàs;
 Ghlac an uaigh an Suaithneas bàn—
 'S leacan fuaraidh tuaim' a thàmh!

Air bhi dhomh-sa triall thar druim
 Air Di-dònaich, 's comhlan leam,

Leughas litir naigheachd leinn,
 'S cha sgeul ait a thachair innt',
 Soraidh bhuan, &c.

Albainn àrsaidh ! 's fathunn bròin,
 Gach aon mhuir bhàit' tha 'bàrcadh oirna,
 Toighre rioghail bhi san Ròimh,
 Tirt' an caol chist' liobhta bhòrd !
 Soraidh bhuan, &c.

'S trom leam m'osnaich anns gach là
 'S tric mo smuaintean fad' o làimh—
 Cluain an domhain truagh an dàil,
 Gur cobhartach gach feòil do'n bhàs !
 Soraidh bhuan, &c.

Tha mo chrìdh' gu briste, fann,
 'S deoir mo shùl a' ruidh mar allt,
 Ge do cheilinn sud air am,
 Bhrùchd e mach 's cha mhisde leam.
 Soraidh bhuan, &c.

Bha mi seal am barail chruaidh,
 Gu'n cluinnte caismeachd mu'n cuairt ;
 Cabhlach Thearlaich 'thigh'n' air chuan,
 Ach thrèig an dàil mi gu là-luain,
 Soraidh buadh, &c.

'S lionmhor laoch a's mili treun,
 Tha 'n diugh an Albainn as do dheidh,
 Iad fos n-iosal 'sileadh dhèur,
 Rachadh dian leat anns an t-strèup.
 Soraidh bhuan, &c.

'S gur neo-shubhach, dubhach sgì,
Do threud ionmhuinn anns gach tìr,
Buidheann mheamnach bu gharg cli,
Ullamh, arm-chleasach san t-strìth.

Soraidh bhuan, &c.

Nis cromaidh na cruiteran binn,
Am barraibh dhos fo sprochd an cinn,
Gach beò bhiodh ann an srath no'm beinn
A' caoidh an co'-dhosgainn leinn.

Soraidh bhuan, &c.

Tha gach beinn, gach cnoc, 's gach sliabh,
Air am faca' sinn thu 'triall,
Nis air call an dreach, 's am fiamh,
O nach d'thig thu chaidh nan cian.

Soraidh bhuan, &c.

Bha'n t-àl òg nach fac tha riamh,
'G altrum gràidh dhut agus miagh,
Ach thuit an cridhe nis 'nan cliabh,
O na chaidil thu gu sìor.

Soraidh bhuan, &c.

Ach biodh ar n' ùirnigh moch gach là
Ris an Tì a's aird' a tà,
Gun e dhioladh oirnn gu bràth
Ar 'n èucoir air an t-suaithneas bhàn.

Soraidh bhuan, &c.

Ach's eagal leam ge math a' chlàir,
'S gach sonas 'gheallair dhuinn le'm beul,
Gu'm faicear sinn a' sileadh dhèur,
A chionn an Suaithneas bàn a thrèig.

Soraidh bhuan, &c.

Cuireamaid soraidh uainn gu rèidh,
 Leis na dh'imizeas an cèin,
 Dh'ionnsaidh 'n àit 'na laidh an rèul,
 Dh'fhōgradh uainn gach gruaim 'us noul.
 Soraidh bhuan, &c.

'S bitheamaid toilicht' leis na tha,
 O nach d' fhaod sinn bhi na's fearr,
 Cha bhi nar cuairt an so ach gearr,
 A's leanaidh sinn an Suaithneas bàn,

Soraidh bhuan do'n t-Suaithneas bhàn,
 Gu là-luain cha ghluais o'n bhàs ;
 Ghlac an uaigh an Suaithneas bàn
 'S leacan fuaraidh tuaim' a thàmh !

MIANN AN OGANAICH GHAÈLICH.

AIR FONN—" *We'll go no more a roving.*"

THA sud do ghnà air m'inntinn,
 Le iompaidh chinntich, reidh,
 'S gur fada o'n bu mhiannach leam,
 Gu'n triallamaid dha reir ;
 'Sa nise o nach urrainn mi
 'Ga chumail orm gu lèir,
 Bì'dh mi fadheoidh ag aideachadh
 Na th'agam dhut de spèis.

LUINNEAG.

An sin treigeamaid an fàrsan,
 'S gu'm b' fhearr na bhi air chuairt,
 Bhi maille ris a' chailin ghrinn.
 Le farasdachd gun ghruaim.
 An sin treigeamaid, &c.

Gach aon a chi mi 's beartaiche,
 Bithidh spailp orr' as am maoin;
 Ach sud cha b'urrainn m' iasgach-sa,
 Ge d' liathainn leis an aois;
 Mo nàdur ge d' bhiodh iarratach,
 Dh'a mhiann 's nach d'thugainn taobh;
 Le snaim cho dian cha shnasaichinn,
 Mur glactadh mi le gaol.
 An sin treigeamaid, &c.

No ged' bu shamhl' an stòras mi,
 Ge nèdnach sud leibh fein.
 Dha'n neach dha'n liugh' tha 'chòraichean,
 Tha 'm Breatainn mhèir gu léir;
 Ge soilleir inbhe 'n stàta sin,
 Cha tàladh e mi ceum;
 'S air mhiltean òir cha lùbainn-s'
 Ach an taobh dh'am biodh mo dhèidh.
 An sin treigeamaid, &c.

Gach fear dh'am beil na smaointean so,
 Bithidh m'anta dha gu mòr,
 Air chumha gun ghnè theag-mhaladh,
 R'a fhaotainn bhi na dhòigh;
 A rùn-sa 'nair a dh'fhiosraichinn,

Na'm measainn bhi air chòir,
 Gu'm molainn gun a diobairt dha,
 Cho fad 's a bhiodh e beò.

An sin treigeamaid, &c.

Gu'm b'ait leam cailin finealta,
 'S i maiseach, fìor-ghlan, ciùin;
 Ged nach biodh ni, no airgiod aic',
 Ach dreach a's dealbh air thùs;
 Ach sud na'n tàrladh aic' a bhi
 'S ga réir bhi pailt 'an cliù,
 Cha chreidinn gu'm bu mhisd' i e,
 'S i fein bhi glic air chùl.

An sin treigeamaid, &c.

Cha tréiginn fein a' bharrail sin,
 A ùh'aindeoin 's na their càch,
 Le iomluaths gu bhi caochlaideach,
 'S nach aontaicheadh mo chàil;
 Gach fear bi'dh mar a's toileach leis.
 Gun choireachd uam gu bràth,
 'S leanas e gu dìchiollach,
 A' bheirt a chi è 's fearr.

An sin treigeamaid, &c.

MIANN NA H-OIGHE GAËLICH.

AIR AN FHONN CHEUDNA.

NA'N tàrladh dhomh sin fheatainn,
 Cha b'eigin leam no càs,
 Bhi 'g iomlaid gaoil gun fhadal ris,
 'S gu réidh 'ga aidmheil dha,
 'Sa dh' aindeoin uail a's gòraich
 Nan òighean òga, bàth,
 'Se sud an teuchd gu dideanadh,
 An cridheachean gu bràth.

LUINNEAG.

Gu'm b' annsa na bhi m'aonar,
 Mo lamh 's mo ghaol thoirt uam,
 Maraon a's lùbadh farasda,
 Le òigfhear fearail suairc.
 Gu'm b'annsa, &c.

Na'n deanadh fortan fàbhar rium,
 'S an dàil sin 'chur mu m' chòir,
 Le òigfhear maiseach, mìleanta
 Gun anbharr, no dith stòir,
 A chur an taobh am bithinn-sa,
 'S mi fein am nighin òig,
 Gun easbhuidh seadh no phàirtean air
 Cha'n àiche'ainn è ach fòil.
 Gu'm b' annsa, &c.

B'e sud an céile 'thaghainn-sa,
 'S cha chladhaire neo-threun,
 'Gam biodh làn nan cobhraichean,
 De'n òr 's gun trèoir dha rèir;
 A threudan a' tighinn thairis air,
 Le barrachd dhe gach sèud,
 Cha'n fhàgadh saoibhreas sona mi,
 Gun toileachas 'na dheidh.

Gu'm b'annsa, &c.

Gu'n cumadh Ni-math uam-sa sud,
 Fear gàbhaidh, cruaidh, gun chliù;
 Na fhìonaig dhriopail, gheur-chuisich,
 Bhios léirsinneach le 'shùil;
 Gun tomad a measg dhaoine dheth,
 Gun ghean, gun fhaoilt, 'na ghnùis,
 Gun fhàilteachd chàirdeil, fhuranach—
 Gun uirghiall aig a's fiù.

Gu'm b' annsa, &c.

Ach òigfhear dreachmhor, tàbhachdach,
 Neo-àrdanach 'na ghnè,
 Bhios calma 'nuair a's éigin da,
 'Us rei'-bheartach dha réir;
 Gun stòras bhi tigh'nn thairis air,
 Gun aim-bheartas gu léir,—
 'Se sud na'm faighinn m'iarratas,
 A mhiannaichinn dhomh fein.

Gu'm b' annsa na bhi m'aonar,
 Mo lamh 's mo ghaol thoirt uam,
 Maraon a's lùbadh farasda,
 Le òigfhear fearail suairc.

Gu'm b' annsa, &c.

ORAN AR AISEAG AN FHEARAINN
DO NA CINN FHEADHNA SA'
BHLIADHNA—1782.

LUINNEAG.

THEIR mi hôro hùgo hôiriunn,
Ho i hõiriunn hòro.
Their mi hôro hùgo hôiriunn.

Thug m'inntinn air fad gu beadradh,
Mar nach leagadh bròn i.
Their mi hôro hùgo hôiriunn, &c

Bitheamaid gu màranach, geanach,
Fearail, mar bu chòir dhuinn.
Their mi hôro hùgo hôiriunn, &c.

Cuirt' am bóla breac 'na tharuing,
'S glaineachan air bòrd dhuinn.
Their mi hôro hùgo hôiriunn, &c.

Chualadh mi naigheachd a Sasghunn,
Ris 'na las mo shòlas.
Their mi hôro hùgo hôiriunn, &c.

Na Suinn a bha 'n iomairt Thearlaich,
Thigh'nn gu dàil an còrach.
Their mi hôro hùgo hôiriunn, &c.

'S ge d' tha cuid diu sud a thriall uainn,
Tha 'n Iarmad air fõghnadh.
Their mi hôro hùgo hôiriunn, &c.

Cosgamaid bolla de chuinneadh

Nan Suinn nach eil beò dhiu.

Their mi hôro hùgo hôiriunn, &c.

Tostamaid suas gach ceann-finidh,

Bh'anns an iomairt mhōir ud.

Their mi hôro hùgo hôiriunn, &c.

Tostamaid suas luchd 'ga leanmhuinn,

Gun dearmad air Deòrsa:

Their mi hôro hùgo hôiriunn, &c.

Guidheamaid sonas le suaimhneas

Bhi buan do Rìgh Deòrsa,

Their mi hôro hùgo hôiriunn, &c.

Sluagh Bhreatainn agus Eirinn,

Geilleachdainn da mhōrachd.

Their mi hôro hùgo hôiriunn, &c.

Ge bu duilich leinn an sgeul ud,

Mac Rìgh Seumas fhògradh.

Their mi hôro hùgo hôiriunn, &c.

Feudaidh mac bodaich a reiste,

Bhi cuir bleid a stòras.

Their mi hôro hùgo hôiriunn, &c.

'S gu'n d'thig tuisleadh air na rìghrean

Mar a dhiobras òlach,

Their mi hôro hùgo hôiriunn, &c.

Fonn 'an cinnich fìor shìol coirce,

Cinnidh fochan òtraich:

Their mi hôro hùgo hôiriunn, &c.

Mar thug mi gu ceann mo luinneag,
Sguiridh mi gu stòlda.

Their mi hôro hùgo hôiriunn, &c.

ORAN GAOIL.

A rinn am bàrd d'a leannan, Mòr Rös, maighdean òg urramach a thug barrachd air mòran ann an sgeimh, agus an deagh ghiulan' 'sa bha ro thaitneach r'a amharc oirre. Is ann d'i thug am bàrd a cheud ghaol, air dha a faicinn aig co'-thional dannsaidh, a b' abhaist do dhaoine uaisl' eugsamhuil a chumail air amaibh sònraicht', ann am Baile Steornabhaidh ann an Leoghas.—Is ann air maise, maldachd, agus air buaidhean ion-mholt' na ribhinne so, a rinn am bàrd a chuid a's mo dheth a chuid oran.

FEASGAR Luain, a's mi air chuairt,
Gu'n cualas fuaim nach b' fhuathach leam :
Ceòl nan teud gu h-òrdail, rèidh,
A's còisir da réir os a chionn ;
Thuit mi'n caochladh leis an ioghnadh,
A dh'aisig mo smaointean a null ;
'S chuir mi'n ceill gu'n imichinn cèin,
Le m'aigne fein, 's e co'-strèap rium.

Chaidh mi steach an ceann na còisridh,
An robh òl, a's ceòl, a's dàmhs',
Ribhinnean, a's fleasgaich òga,
'S iad an òrdugh grinn gun mheang ;

Dhearcas fa leath air na h-òighean,
 Le rosg fòil a null 's a nall ;
 'S ghlacadh mo chridhe, 's mo shùil cò'ladh,
 'S rinn an gaol mo leòn air ball !

Dhiuchd mar aingeal, mu mo choinneamh,
 'N ainnir òg, bu ghrinne snuadh ;
 'Seang shlios fallain air bhà canaich,
 No mar an eala air a' chuan ;
 Sùil ghorm, mheallach, fo chaol mhala
 'S caoin' a sheallas 'g amharc uath',
 Beul tlā, tairis, gun ghnè smalain,
 Dha'n gnà carthannachd gun uaill.

Mar ghath grèin' am madainn chéitein,
 Gu'n mheath i mo léirsinn shùl,
 'S i cèumadh ùrlair gu rèidh, iompaidh,
 Do reir pungannan a' chiùil ;
 Ribhinn mhòdhail, 's fìor-ghlann fòghlum,
 Dh'fhion-fhuil mhòrdhalach mo ruin ;
 Reul nan òighean, grian gach còisridh,
 'S i'n chiall chòmhradh, cheòl-bhinn, chiuin.

'S tearc an sgeula sunnailt t'èugaig,
 Bhi ri fheatainn san Roinn-Eòrp,
 Tha mais', a's féile, tlachd, a's cèutaidh,
 Nach facas leam fein fa m' chòir,
 Gach cliù a' fàs riut am mùirn, 's an àillteachd
 An sùgradh, 's am mànrán beoil ;
 'S gach buaidh a b'àilli, bh' air Diàna,
 Gu leir mar bhàgail, tha aig Mòir,

'S bachlach, fuilach, càs-bhuidh', cuachach,
 Càradh suaineis gruag do chinn,

Gu h-àluinn, bòidheach, fàinneach, òr-bhuidh',
 An caraibh sedighn' san òrdugh grinn,
 Gun chron a'fàs riut, a dh' fheudt' àireamh,
 O do bharr gu sàil do bhuinn;
 Dhiuchd na buaidhean, òigh, mair'n cuairt dut,
 Gu meudachdain t' uail 's gach puing!

Bu leigheas èugail, slan o'n Eug,
 Do dh' fhear a dh' fhèudadh bhi mu d' chòir,
 B' fhearr na'n cadal bhi 'na d' fhagaisg,
 G' éisdeachd agallaidh do bheoil;
 Cha robh *Bhenus* a measg leugaibh,
 Dh' aindeoin fèucantachd cho bòidh'ch,
 Ri Mòr nigh'n mhìn, a leon mo chrìdh',
 Le buaidhean, 's mi 'g a dìth ri m' bhed.

'S glan an fhion-fhuil as 'na fhriamhaich
 Thu gun fhiaradh mhiar, no mheang;
 Cinneadh mòrdhalach, bu chròdha,
 Tional cò'ladh cho'-stri lann,
 Bhuin'eadh cuise bharr nan dù'-ghall,
 Sgiursadh iad gu'n dùchas thall,
 Leanadh ruaig air Cataich fhuara,
 'S toirt buaidh' orr' anns gach ball.

Tha cabar-feigh an dlùth's do reir dhut,
 Nach biodh eisleineach san t-strìth,
 Fir nach obadh leis 'gan togail
 Dol a chogadh 'n aghaidh Rìgh;
 Bu cholgail, faiceant' an stoirm feachdaidh,
 Armach, breacanach, air tì
 Dol san iomairt gun bhonn gioraig,
 'Siad nach tilladh chaoidh fo chis.

'S trom leam m'osnadh, 's cruaidh leam m'fhortan
 Gun ghlèus socair, 's mi gun sunnd,
 'S mi ri smaointean air an aon rud,
 A bhuin mo ghaol gun ghaol d'a chionn.
 Throm na Dùilean peanas dùbailt,
 Gu mis' umhlachadh air ball,
 Thàlaidh *Cupid* mi san dùsal,
 As 'na dhùisg mi brùite, fann!

Beir soraidh uam do'n ribhinn shuairc',
 De'n chinneadh mhòr a's uaisle gnàs,
 Thoir mo dhùrachd-sa g'a h-ionnsaidh,
 'S mi'n deagh rùn d'a cùl-bhuidh bàn.
 'S nach bruadar cadail a ghluais m'aighe,
 'S truagh nach aidich è dhomh tàmh,
 'S ge b'ann air chuairt, no thall an cuan,
 Gu'm bi mi 'smuainteach' ort gu bràth.

MOLADH A BHAIRD AIR A THIR FEIN,
 AIR DHA BHI AIR FARSAN ANN
 AN TIR CHOIGRICH.

ON is fàrsan leam gach lā,
 Bì'dh 'n stràchd so gu Braid-Albann,
 A dh'fheuch am fearr a gheibh mi slàint,
 A thigh'nn gu àird nan garbh-chrioch,
 'S ge do dhìrich mi Lairc-Ila.
 Tha mo spìd air falbh uam.

Ge tùs bliadhn' ùir' e 's beag mo shùrd,
Ri brughaichean Choire-Chormaic.

A thaigh Chill-Fhinn, cha bhuanachd leinn,
Air chinnt' ge d' tha thu bòidheach,
A bhi ri sneachd a' diol mo leapa,
Dha'n t-Sasgunnach dhòite,
'Si'n tìr fo thuath dha mòr mo luaidh-sa,
Ghluais mo smuain gu òran,
'S mi air beallach 'triall ri gaillinn,
Gu fearann nach èol domh.

A Shrath Chinn-Fhaolan nam bà-maola
'S nam fear-caola, luatha,
'S mi nach taoghladh, air do ghaol thu,
Nochd gur faonraidh fuar thu;
Thu'irt beul an ràfaird rium gu'm b'fheart,
Na Gearr-loch an Taobh-Tuatha,—
Fearann gortach, làn do bhochdainn,
Gun socair aig tuath ann.

Beir mo shoraidh thìr a' mhonaidh,
A's nam beann corrach, àrda,
Frìdh nan gaisgeach 's nan sonn gasda,
Tìr Chlann-Eachuinn Ghearr-loch,
Gur uallach, eangach, an damh breangach,
Suas tro' ghleannan fàsaich;
Bì'dh cuach 's a' bhadan, 'seinn a leadainn,
Moch 's a' mhadainn Mhàì',

Gum b'e Gearr-loch an tìr bhàigheil,
'S an tìr phàirteach, bhiadhar,
Tìr a' phailteis, tìr gun ghainne,
Tìr is glaine fialachd,

An tìr bhainneach, uachd ach, mhealach,
 Chaomhach, channach, thìoral,—
 Tìr an arain, tìr an tachdair,
 Sithne, a's pailteas iasgaich,

Tìr an àigh i, tìr nan àrmunn,
 Tìr nan sàr-fhear gleusda;
 Tìr an t-suairceis, tìr gun ghruaimean,
 Tìr a's uaisle féile.

An tìr bhòrcach, nam frìdh rò-mhor,
 Tìr gun leon, gun dhèibhinn;
 An tìr bhraonach, mhachrach, raonach,
 Mhartach, laoghach, fhèurach.

Gu'n tì nollaig mhòr le sònas,
 Gu comunn gun phràbar;
 O'n's lionmhor gaisgeach
 Le sàr acfuinn 'theid gu feachd na tràghad;
 Mar shluagh Mhic-Chumhail le cruaidh fhiubhai',
 Ruaig gun chùn' air strachdan;
 Bì'dh muireardach maide fo' bhinn chabar
 Gu stad i 's a' Bhraidhe.

Geda tha mi 'siubhal Galdachd,
 Cha'n ann tha mo mhì-chuis;
 Ge d' tha mi 'n taobh s' 'sann
 Tha mo rùin do'n chomunn chiùin nach priobal,
 'Nàm teirce' do'n là thig sibh o'n tràigh,
 Gu seomar bàn nam pìsean;
 Bì'dh cèol nam feadan 's Eoin da spreigeadh
 Gu beagadh 'ur mi-ghean

Bì'dh bòla làn air bhòrd 'nan dàil,
 Cur sùird fo chàil na còisridh;

Bì'dh laoidh mu'n cuairt nach cluinnt' a luach'
 Aig suinn 'chuir cuairt na h-Eòrpa.
 Bì'dh luagh a's luinneag, duan a's iorram,
 'S cuairt le sgil o'n òinsich,
 Aig buidheann ghasda nan arm sgaiteach,
 Trēunmhor am feachd comshtridh.

'Nuair thàrladh sibh san taigh-thabhairn,
 Far an tràighte stòip leibh,
 Cha b'e'n cànrán bhiodh 'nur pàirt,
 An uair a b'airde pòit dhuibh,
 Ach mir' a's mànrán, gaol a's càirdeas,
 'S iomairt làmh gun dò-bheirt.
 'S bu bhinn' ri eisdeachd cainnt 'ur bèul,
 Na iomairt mheur air òigh-chèol.

Cho fad 'sa dh'imich cliù na h-Alba,
 Fhuaradh ainm na dùch' ud,
 An àm a h-uaislean dhol ri cruadal
 'S Eachunn ruadh air thùs dhiubh,
 O là *Raon Flodden* nam beum trōm,
 A shocraich bonn na fiudhaidh,
 Gu h-uallach, dosrach, suas gun dosgainn.
 Uasal o' stoc mhùirneach.

ORAN A RINN AM BARD ANN AN
DUN-EIDIN.

AIR FONN—“*The Banks of the Dee.*”

SA mhadainn 's mi 'g eiridh, 's neo-èibhinn atà mi,
Cha b' ionann a's m' abhaist, air àiridh nan
gleann,

O 'n thainig mi 'n taobh s', chuir mi cùl ris gach
mànran,

'S cha bheag a' chuis ghraine leam canran nan
Gall:

Cia mar dh'fheudainn bhi subhach, 's mo chridh'
an àit' eile?

Gun agam ach pairt dheth, san àit' anns a
bheil mi,

Fo dhubhar nam mòr-bheann, tha 'n còrr dheth 's
cha cheil mi,

'S gur grain' leam bhi 'g amharc, na th'agam 'na
gheall.

O! 's tric bha mi 'falbh leat, a gheala-bhean na
féile,

Ann an doire nan gèug, a's air reidhleìn an
driùchd;

'S air srathaibh a' ghlinne, far 'm bu bhinne guth
smeòraich,

'S air iomair nan noineinean, feoirneanach cùr',
A' dìreadh a' mhulaich 's a' tional na spréidhe,
Gu Innseag na tulaich, air iomain 's a' chèitean,

Bu neo-chionntach mánran, mo ghràidh-sa gun
bhèud ann;
'S gu 'm b'ait leam bhi 'g eisdeachd ri sgeula
mo rùn.

ORAN ANNS AM BEIL AM BARD A'
MOLADH A LEANNAIN. — AGUS
A DHUTHCHA FEIN.

AIR FONN—“ *O'er the muir among the heather.*”

GUR e mis' tha briste, brùite,
Cia b'e ri'n leiginn mo rùnachd,
Mu'n ainnir a's binne sùgradh,
'S mi ri giulan a cion fhalaich.

LWINNEAG.

E ho rò mo rùn an cailin,
E ho rò mo rùn an cailin;
Mo rùn cailin suaire' a' mhànrain,
Tha gach là' a' tigh'n' fo' m'aire.

Tha mo chridhe mar na cuaintean,
Mar dhuilleach nan crann le luasgan,
No mar fhiagh an àird nam fuar-bheann;
'S mo chadal luaineach le faire.
E ho rò, &c.

Shiubhail mi fearann nan Gàèl,
 'S earrann de Bhreatainn air fàrsan ;
 'S cha'n fhacas na bheireadh barr,
 Air Fine bhàn nan tlà'-shul meallach.
 E ho rò, &c.

Bu bhinne na smeòrach Chèitein
 Leam do ghlòir, 's tu 'còmhradh rèidh rium.
 'S mo chliabh air lasadh le h-èibhneas,
 Tabhairt eisdeachd dha d' bheul tairis.
 E ho rò, &c.

Bu tu mo chruit, mo cheol, 's mo thàileasg,
 'S mo lèug phrìseil, rimheach, aghmhor ;
 Bu leigheas èugail o na bhàs domh,
 Na'm feudainn a ghnà bhi mar riut.
 E ho rò, &c.

Gur muladach mi 's mi smaointinn,
 Air cuspair mo chin' gun chaochladh,
 Oigh mhin, mhaiseach, nam bas maoth-gheal
 'S a slios caoin-tlà mar an canach.
 E ho rò, &c.

Thà do dhealbh gun chirb, gun fhiaradh.
 Min-gheal, fìor-ghlan, dìreach, lionta,
 'S do nàdur cho seamh 's bu mhiannach
 Gu pailt, fialaidh, ciallach, banail.
 E ho rò, &c.

Air fad m' fhuirich an Dun-eidin,
 Cumail comuinn ri luchd Bèurla ;
 Bheir mi 'n t-soraidd so gun treigsinn
 Dh' ionnsaidh m' eibhneis anns na glcannaidh.
 E ho rò, &c.

Ge do tharladh dhomh bhi 'n taobh so,
 Gur beag mo thlachd dheth na dù'-ghaill,
 'S bi'dh mi nis a' cur mo chùil riu,
 'S a' deanamh m' iùil air na beannaibh,
 E ho rò, &c.

Gur eatrom mo ghleus, a's m' iompaidh,
 'S neo-lòdail mo cheum o'n fhonn so,
 Gu tìr àrd nan sàr-fhear sunndach,
 'S a' treigsinn Galldachd 'nam dheannamh.
 E ho rò, &c.

Dìridh mi gu Tulach-Armuinn,
 Air leth-taobh Srath mìn na Lairce,
 'S tearnaidh mi gu Innseag blà-choill
 'S gheibh mi Fine bhàn gun smalan.

E ho rò mo rùn an cailin,
 E ho rò mo rùn an cailin,
 Mo rùn cailin suairce 'mhànrain,
 Tha gach là a' tigh'n fo m' aire.

MOLADH AN UISGE-BHEATHA.

LUNNEAG.

Hò rò gur toigh leinn drama,
 Hò rò gur toigh leinn drama,
 Hò rò gur toigh leinn drama,
 'S ioma fear t! a'n geall air.

Mo ghaol an coilgearnach spraiceil,
 Dh'fhàs gu foirmeil, meanmnach, maiseach,
 Dh'fhàs gu spèiseil, treabhach, tapaidh,
 Neo-lapach san aimhreit.
 Hò rò, &c.

Ach tròcair g'an d' fhuair a chailleach,
 Bha uair-eigin anns na Hearadh ;
 Cha mheasa ni mi do mholadh,
 Ge do lean mi 'm fonn aic'.
 Hò rò, &c.

Thagh i'm fonn so, 's sheinn i cliù dhut,
 Dh'aithnich i'n sgoinn a bh'anns an drùthaig,
 'Nuair a bhiodh a brù san rùpail,
 B'e 'rùn thu bhi teann oirr'.
 Hò rò, &c.

Ach 's tu 'm fear briodalach, sùgach,
 Chuireadh ar mi-ghean air chùl duinn,
 'S a chuireadh teas oirnn san dùlachd,
 'Nuair bu ghnù an geamhradh,
 Hò rò, &c.

Stuth glan na Tòiseachd, gun truailleadh,
 Gur ìoc-shlaint chòir am beil buaidh è ;
 'S tu thogadh m'inntinn gu suairceas,
 'S cha b'è druaid na *Frainge*.
 Hò rò, &c.

'S tu 'n gill' èibhinn, meanmnach, bòidheach,
 Chuireadh na cailleachan gu bòilich,
 Bheireadh seanchas as na h-òighean,
 Air ro-r. hòid am baindeachd.
 Hò rò, &c.

Chuireadh tu uails' anns a bha'-laoch,
 Sparradh tu uail anns an arrachd,
 Dh' fhàgadh tu cho suaire' fear dreamach,
 'S nach biodh air' air dranndan.

Hò rò, &c.

'S tu mo laochan soitheamh, siobhalt,
 Cha bhi loinn ach far am bi thu;
 Fograi' tu air falbh gach mi-ghean
 'S bheir thu sìth a aimhreit'.

Hò rò, &c.

'S mor tha thlachd air do luchd tòireachd,
 Bithidh iad fialaidh, pailt ma'n stòras,
 Chaoidh cha sgrubair 's an taigh-dòsd iad,
 Sgapadh òir 'na dheann leo.

Hò rò, &c.

Cha'n'eil cleireach, no pears-eaglais,
 Crabhach, teallsanach, no sagart,
 Dha nach toir thu caochladh aigne—
 Sparra' cèill san amhlair.

Hò rò, &c.

Cha' n'eil cleasaich anns an rioghachd
 Dha' m bu leas a dhol a strì riut,
 Dh'fhàgadh tu esan na shìneadh,
 'S pìoban as gach ceann deth.

Hò rò, &c.

Dh'fhàgadh tu fear mosach fialaidh,
 Dheana' tu fear tosdach briathrach,
 Chuire' tu sog air fear cianail,
 Le d' shoghraidhean greannar.

Hò rò, &c.

Dh'fhàga' tu cho slàn fear bachdach,
 'S è gun ìch, gun oich, gun acain,
 'G eiridh le sunnd air a leth-chois,
 Gu spailpeil a dhàmhsa.
 Hò rò, &c.

Chuire' tu bodaich gu beadradh,
 'S na cromaichean sgrogach, sgreagach,
 Gu èiridh gu frogail, sa cheigeil,
 Ri sgeig air an t-seann aois.
 Hò rò, &c.

Bu tu suiricheadh mo rùin-sa,
 (Ge d' thu'irt na mnathan nach b'fhiù thu,)
 'Nuair a thachras tu 'sa chùil riu,
 Bheir thu cùis gun taing dhiu.
 Hò rò, &c.

Bu tu caraid an fhir-fhacail,
 Bheireadh fuasgla' dha gu tapaidh.
 Ge nach òl e dhiot ach cairteal,
 'S blasdmhoirid a chainnt e.
 Hò rò, &c.

Tha cho liugha buaidh air fàs ort,
 'S gu la-luain nach faod mi'n àireamh,
 Ach 'se sgaoil do chliù 's gach àite—
 Na Bàird a bhì'n geall ort.
 Hò rò, &c.

Thogadh ort nach b'fheairde mis thu,
 Gu'n ghoid thu mo chuid gun fhios uam;
 Ach gun taing do luchd do mhiosgainn
 Cha chreid mise drannd dheth.
 Hò rò, &c.

Ach bha mi uair, 's bu luachmhor t'fheum dhomh,
 Ge nach tuig math-shluagh gun chèill e,
Dum amabam, sed quid refert,
 No 'ghràisg quæ amanda.

MAC-NA-BRACHA.

'Nuair a rinn am bàrd an t-òran roi'-sgrìobhta, tharladh gu'n robh Duanair' àraidh 'na nàbuidheachd, a bha'n duil gun robh e-fein cho comasach, air an uisge-bheath' a dhì-teadh, sa bha'm bàrd air a mholadh; agus thoisich e air anns na briathrean so :—“ *Hò rò cha toigh leinn dràma, leannan nam fear aimh-reith,*” &c.

Rinn am bàrd an t-òran a leanas ann an êiric an órain sin.

LUINNEAG.

'S toigh linn drama, lion a' ghlaine,
 Cuir an t-searrag sin a nall;
 Mac-na-brach' an gille gasda,
 Cha bu rapairean a chlann.

Ge b'e dhi-mol thu le 'theangaidh,
 B'olc an aithne bha 'na cheann,
 Mur d'thig thu fhathast 'na charamh,
 G'um beil mo bhàrail-sa meallt'.
 'S toigh linn drama, &c.

Na'm b'e duine dha nach b'èol thu,
 Dheana' fòirneart ort le cainnt,
 Cha bhidheamaid fein 'ga leanmhuinn,
 Chionn 's gu'm biodh do shealbh air gann.
 'S toigh linn drama, &c.

Ach fear a bha greis 'nad chomunn,
 Cha b'e chomain-sa a bh'ann—
 Bhi 'cur mi-chliù air do nàdur,
 Gur ann dhàsan bhios a chall,
 'S toigh linn drama, &c.

Co dh'aoireadh fear do bhèusan,
 Ge do bheirt' e fein 'san *Fhraing* ?
 No dhi-moladh stuth na Tòiseachd ?
 Ach trudar nach òladh dràm.
 'S toigh linn drama, &c,

Stuth glan na Tòiseachd gun truailleadh,
 An ìoc-shlaint a's uaisle t' ann ;
 'S fearr do leigheas na gach lighich,
 Bha no bhitheas a measg Ghall.
 'S toigh linn drama, &c.

Cia mar a dheanamaid banais ?
 Cumhnanta, no ceangal teann ?
 Mur bi dram againn do'n Chleireach,
 Gur leibeideach fèum a pheann.
 'S toigh linn drama, &c.

Tha luchd crabhaidh dha do dhiteadh,
 Le cùl-chainnt a's brìodal feall ;
 Ge d' nach aidich iad le'm beoil thu,
 Olaidh iad thu mar an t-allt.
 'S toigh linn drama, &c.

A Chlèir fein, ge sèunt' an còta,
 Tha'n sgòrnanan ort an geall ;
 Tha cuid ac' a ghabhas fraoileadh,
 Cho math ri saighdear sa' champ.
 'S toigh linn drama, &c.

AN t-OLLA MAC-IAIN* le 'Bheurla,
 Le 'Laidinn 's le 'Ghreugais-chainnt,
 Gu'n d' fhàg stuth uaibhreach nan Gàèl,
 Teang' a' chànanaich ud mall.
 'S toigh linn drama, &c.

'N uair thug e ruaig air feadh na h-Alba,
 'S air feadh nan garbh-chrioch ud thall,
 D' fhàg mac-na-brach' e gun lide
 'Na amadan liodach, dall !
 'S toigh linn drama, &c.

Gu'm b'ait leam fein, fhir mo chridhe,
 Bhi mar ri d' bhuidhinn 's gach àm.--
 'S tric a bha sinn 'nar dithis,
 Gun phìob, gun fhidhill, a' danns !

'S toigh linn drama, lion a' ghlaine,
 Cuir an t-searrag sin a nall,
 Mac-na-brach' an gille gasda.
 Cha bu rapairean a chlann.

* Dr Samuel Johnson.

MOLADH NA A-OIGHE GAËLICH

AIR FONN—“ *Mount your baggage.*”

A Nighean bhàidheach
 An òr-fhuilt bhachalaich,
 Nan gorm-shul mìogach,
 'S nam mìn bhas sneachda-gheal,
 Gu'n siubhlainn reidhleach
 A's sleibhtean Bhreatainn leat,
 Fo earradh sgaoilte
 De dh'aodach breacain orm.

'S e sud an t-éideadh
 Ri 'n éireadh m'aigne-sa,
 'S mo nighean Ghàèlach,
 Aluinn agam ann;
 O bheul na h-oidhche
 Gu soills' na madainne,
 Gu'm b'ait nar sùgradh
 Gun dùiseal cadail oirnn.

Ge d' tha na bain-tighearnan
 Gallda, fasanta,
 Thug òigh na Gàelig,
 Barr, am mais', orra,
 Gur ainnir shoighn' i
 Gun sgòid ri dearc' oirre,
 'Na h-earradh glè-mhath
 De dh'éadach breacanach.

Gur foinnidh, mìleanta,^o
 Dìreach, dreachmhor i ;
 Cha lùb am feornain
 Fo broig 'nuair shaltras i ;
 Tha deirge a's gile
 Co-mhire gleachdanaich,
 'Na gnùis ghil, èibhinn,
 Rinn cèudan airtneulach.

Rèidh dheud chomhnard
 An ordugh innealta,
 Fo bhilibh sàr-dhaitht',
 Air bhlàth *bhermillian* ;
 Tha h-aghaidh nàrach
 Cho làn de chinealtachd,
 'S gu'n d'thug a h-aogas,
 Gach aon an ciomachas.

Gur binne còmhradh
 Na òraid fhileanta ;
 Tha guth ni's ceòlmhoir',
 Na òigh-cheol binn-fhaclach ;
 Cha laidheadh bròn oirnn,
 No leon, no iomadan,
 Ri faighinn sgeil duinn
 O bheul na finne sin.

'Nuair thig a Bhealtainn,
 'S an Samhradh lùsanach,
 Bi'dh sinn air àiridh,
 Air àrd nan uchdanan,
 Bi'dh cruit nan gleanntai
 Gu canntair, cuirteasach,

Gu tric 'gar dùsgadh
 Le sùrd gu moch-eiridh.
 'S bi'dh 'n crodh, 's na caoraich,
 'S an fhraoch ag inealtradh,
 'S na gobhra bailg-fhionn,
 Gu ball-bhreac, bior-shuileach,
 Bi'dh 'n t-àl 'san leimnich
 Gun cheill, gun chin orra,
 Ri gleachd 's ri cōmhraig
 Sa snôtadh bhileagan.

Bi'dh mise, a's Màiri
 Gach là 'sna glacagan,
 No'n doire gèugach
 Nan èunan breac-iteach,
 Bi'dh cuach, a's smèdrach,
 Ri cèdl 's ri caiseamachd,
 'S a' gabhail òran
 Le sgòrnain bhlasda dhuinn.

O R A N

(A RINN AM BARD)

MAR GU'N DEANADH OIG-FHEAR D'A LEAN-
 NAN, AIR DH'I A THREIGEADH, AGUS
 TAOBHADH RI PIOBAIR A MHUINNTIR
 CHINN-TAILE.

B'E turus na dunach, gun bhuinig,
 Gun phiseach, dhomh fein,

Thug mis' o na bhaile,
 A null air a' bheallach an dè;
 Ge d' tharladh dhomh fhaighinn,
 Gu'm b'fhearr leam an naigheachd na brèug;
 Mo leannan bhi pòsadh
 Fir eile, le deoin o'n a' Chlèir.

Air failirinn, illirinn, uillirinn,
 O 's mi caoidh
 'S cruaidh fhortan gun fhios,
 A chuir mis' ann an luib do ghaoil.

Cha dirich mi tuille
 Ri èid-bheann, no mullach nan stùc,
 Far 'm bi na feigh bhreangach
 Ag eiridh 'nan dreangainn gu h-ùr;
 Gu'n dhiochui'naich m' aire-sa
 Guileag na h-eal' air a' bhùrn,
 Cha ghiùlain mi gunna,—
 Cha mhò ni mi furan ri cù.
 Air failirinn, illirinn, &c.

Cha d'theid mi do'n ghleannan
 An cluinnear guth tairis na cuaich,
 A's luinneag na smedraich,
 Am barraibh nan rò-chrannaibh shuas.
 Bi'dh òganaich gheanach
 A' sùgradh ri leannanan suairc;
 'S bi'dh mise fo mhi-ghean
 Gu'n caidil mi dìblidh san uaigh!
 Air failirinn, illirinn, &c.

'Nuair dh'amhairc mi cheud uair,
 Bean t'è igais, do chéill, a's do chliù,

Gun d'fhàs, mo ghaol maireann,
 'S e 'sìr thigh'nn fos-near dhomh ni's mò ;
 Bha mise gu gòrach, 'gad altrum
 Le dòchas, a's dùil—
 Gu'm bitheadh tu deonach,
 A rithist mo phòsadh ri ùin.
 Air failirinn, illirinn, &c.

Ge duilich le m' chàirdean, mo mhulad,
 Mo chàs, a's mi 'm pèin ;
 Gur docair mo leigheas,
 Gun m' fhurtachd ri faighinn aig lèigh,
 Tha dòruinn mo chridhe,
 Fadheoidh 'ga mo ruighinn cho mèud,
 On threig thu mi Mhairiread,
 Gur deacair mo thearmunn o'n Eug !
 Air failirinn, illirinn, &c.

Air leam nach b'e 'n gliocas,
 Dhomb fein sud gun tuitinn 'an gaol.
 A chailin a thrèig mi
 Sa chuir an neo-spèis mi cho faoin ;
 Na'n smaoinichinn ceart air,
 Gu'm fasadh an lasair sin caoin ;
 Gu'm bàthainn i buileach,
 'S cha chuireadh i tuille mi 'n lugh'd.
 Air failirinn illirinn, &c.

Ma fhuair thu de òghainn
 De dh-fhearaibh an domhain gu lèir,
 Tha fios aig na h-eòlaich
 Ma bhuilich thu tredireil do spèis—

A' sùgradh, 's a' beadradh,
 Ri rianadair feadan nan glèus,
 A's pealaid na caorach
 A' glacadh na gaoith as a bhèul,
 Air failirinn, illirinn, &c.

Ged tha mi gun ealaidh,
 Gun airgead, gun onair, gun stòr,
 Gun chruit, gun cheòl pìoba,
 Cha laidh mi fo mhi-ghean dha 'm dheoin;
 O'n chuimhnich mi nis air,
 Gu'n tog mi mo mhisneach ni's mō,
 Bi'dh mis' ann an Gearr-Loch,
 Bi'dh tus an Cinn-tàile nam bō.

Air failirinn, illirinn, uillirinn,
 O 's mi 'caoidh !
 'S cruaidh fhortan gun fhios,
 A chuir mis' ann an luib do ghaoil.

ORAN AIR CUPID, &c.

LUINNEAG.

Hò rō *ladie* dhui', hò rō eile,
 Hò rō *ladie* dhui', hò rō eile,
 Hò rō *ladie* dhui', hò rō eile,
 Gu'm b'èibhinn le m'aigne
 An *ladie* na'm feudadh.

Nach mireagach *Cupid*,
 'S e 'sùgradh ri' mhathair;
 Dia brionnach gun suilean,
 An duil gur ceòl-gair' e,
 A' tilgeadh air thuaiream,
 Mu'n cuairt anns gach àite,
 A shaighdean beag, guineach,
 Mar's urrainn e'n sàthadh.

Hò rö *ladie* dhui', &c.

Bha sagart 's na crìochan,
 'S bu diadhaidh 'm fear leughaidh,
 Air dunadh le creideamh,
 'S le eagnachd cho eudmhor;
 'S b'ann a cheann-eagair,
 A theagasg bhi bèusach
 Gun ofrail a nasgadh
 Aig altairean *Bhenvis*.

Hò rö *ladie* dhui', &c.

'Nuair a chunnaic a bhaindia,
 Fear-teampuil cho dùire,
 Gun urram dh'a maldachd,
 Gun mhiagh air a sùgradh;
 Chuir i 'n dia dalldach,
 Beag, feallsach, gun suilean,
 Dh' fheuchainn am feudadh e,
 A ghlèusadh gu h-urlaim.

Hò rö *ladie* dhui', &c.

'Nuair dhiuchd an dia baothar,
 Beag, faoilteach, mu'u cuairt da,

Gu'n thilg e air saighead,
 O chailin na buaile
 Chaidh 'n sagart na lasair,
 'S cha chuir' as gu là-luain e,
 Mar bhiodh gu'n gheill e,
 Do *Bhenus* san uair sin.

Hò rő *ladie* dhui', &c.

'S b'e aidmheil an Lebhit,
 'Nuair a b' èigin da umhlachd,
 Gu 'm b' fheairde gach buachaille
 Gruagach a phùsadh,
 'S bha cailin na buaile,
 Cho buan ann a shuilean,
 'S gun robh i 'na aigne,
 'Na chadal 's 'na dhùsgadh.

Hò rő *ladie* dhui', &c.

'S e fàth ghabh an sagart,
 Air caidridh na h-òighe,
 Air dha bhi air madainn,
 'Ga h-aidmheil 'na sheomar,
 A glacadh 'sa leagadh,
 Air leabaidh bhig chomhnaird,
 'S mu's maitheadh è peacadh,
 Bhi tacan 'ga pògadh.

Hò rő *ladie* dhui', &c.

CUMHADH A BHAIRD AIR SON A
LEANNAIN.

AIR FONN—“*Farewell to Lochaber.*”

GED is socrach mo leabaidh,
Cha'n e'n cadal mo mhiann,
Leis an luasgan s' th'air m'aighe,
O chionn fad' agus cian;
Gu 'm beil teine 'na lasair,
Gun dol as ann am chliabh,
Tabhairt brosnachaidh ghèir dhomh,
Gu bhi 'g èiridh 's a' triall.

CO'-SHEIRM.

Seinn eibhinn, seinn eibhinn,
Seinn eibhinn an dàil,
Seinn eibhinn bhinn eibhinn,
Seinn eibhinn gach là,
Seinn eibhinn, binn, eatrom,
Seinn eibhinn, do ghnà
Seinn eibhinn, seinn eibhinn,
Chuireadh m' eislein gu làr.

Tha mi còrr a's trì bliadhna,
Air mo lionadh le gaol,
'S gach aon là dhiu 'stiuradh,
Saighd' ùir ann am thaobh;
Cia mar 's leir dhomh ni taitneach,
Dh'aindeoin pailteas mo mhaoin?

'S mi as èugmhais do mhanrain,
 Bhiodh gun àrdan rium saor.
 Seinn eibhinn, &c.

'Se do mhanran bu mhiànn leam,
 'S e tigh'nn gun fhiaras gun ghruaim,
 Mar ri blasdachd na h-òraid,
 'Se bu cheòl-bhinne fuaim ;
 Dh'èireadh m' inntinn gu h-àbhachd,
 Ri linn bhi 'g àireamh gach buaidh,
 A bha co'-streupadh ri m' leannan
 Baididh, farasda, suairc.
 Seinn eibhinn, &c.

'S gur gile mo leannan
 Na'n eal' air an t-snàmh,
 Gur binn' i na'n smèdrach,
 Am barraibh rò-chrann 's a' mhàigh,
 Gur e geannachd a bèusan
 'S i gun eacoir 'na càil,
 A lub mise gu geilleadh
 Air bheag eigin do ghràdh.
 Seinn eibhinn, &c.

Gu'm beil maise 'na h-eudann,
 Nach feudainn-s' a luaidh ;
 Tha i pailt ann an ceutaidh,
 'S an ceill a' toirt buaidh ;
 Gun a coimeas ri fheatuinn
 Ann an speis, san taobh tuath—
 M' òg mhìn-mhala bhaididh,
 Thogadh m' inntinn o ghruaim.
 Seinn eibhinn, &c.

'S ge do bhithinn an èugail,
 (Agus leigh air toirt dùil,
 Nach biodh furtachd an dân domh,
 Ach am bàs an gearr ùin',)
 Chuireadh èugas mo mhin-mhal',
 Mo mhi-ghean air chùl,—
 Ghlacainn binneas na smedraich
 A's gheobhainn sòlas as ùr.
 Seinn eibhinn, &c.

Ge binn cuach 's ge binn smedrach,
 'S ge binn còisir 's gach crann,
 Seinn ciùil dhomh 'n coill smùdain,
 Theich mo shùgradh-s' air chall—
 Tha mi daonnan a' smaointeach,
 Air mo ghaol anns a' ghleann,
 'S mi air tuiteam am mi-ghean,
 Gun a brìodal bhi ann.
 Seinn eibhinn, &c.

'Nuair a bhithinn-s' 's mo Mhìn-mhala
 An gleannan rimheach na cuaich,
 No 'n doire fasnach na smedraich,
 Gabhail sòlais air chuairt ;
 Cha mhalairtinn m' èibhneas
 O bhi a h-eugmhais car uair,
 Air son stòrais fhear-stàta,
 Dh' aindeoin àirdead an uaill.
 Seinn eibhinn, &c.

Ge bu Rìgh mi air Albainn,
 Le cuid airgid a's sprèidh,
 B'i mo roghainn mo Mhìn-mhal',
 Thar gach ribhinn dhomh fein.

Cha bu shuaimhneas gu bàs domh
 N aon àite fo 'n ghrein,
 'S mi as eugmhais do mhànrain,
 Gus mo thearnadh o bhèud.
 Seinn eibhinn, &c.

Ach mosg'leam thairis am mi-ghean,
 'S cuiream dìth air mo ghruaim,
 Beò ni's faide cha bhi mi
 Gun mo Mhìn-mhala shùaire!
 Oig mhìn beir mo shoraidh
 Leat 'na choirean so shuas,
 Seinn mo rùn anns a' ghleannan,
 'S tuigidh 'n cailin e uat.
 Seinn eibhinn, &c.

CUACHAG NAN CRAOBH.

A CHUACHAG nan craobh, nach truagh leat mo
 chaidh,
 'G osnaich ri oidhch' chedthair.
 Shiubhlainn lem' ghaol, fo dhubhar nan craobh,
 Gun dui' air an t-saoghal fhèdraich.
 Thogainn ri gaoith am monadh an fhraoich,
 Mo leabaidh ri taobh dèrainn—
 Do chrùtha geal caomh sinte ri m' thaobh,
 'S mise 'g ad chaoin phògadh.

Chunna' mi fèin aisling, 's cha bhrèug,
 Dh'fhag sin mo chrè brònach,
 Fear mar ri tè, a' pògadh a bèil,
 A' brìodal an deigh pòsadh ;
 Dh'ùraich mo mhiann, dh'ath'raich mo chiall,
 Ghuil mi gu dian, dòimeach,—
 Gach cuisl' agus feith, o iochdar mo chleibh
 Thug iad gu leum co'-luath!

Ort tha mo gheall, chaill mi mo chonn,
 Tha mi fo throm chrèuchdan.
 Dh'aisigeadh t'fhonn slainte do'm chom,
 Dhiuchdadh air lom m' èibhneas ;
 Thiginn ad dhàil, chuirinn ort fàilt',
 Bhithinn a ghraidh rèidh riut—
 M'ulaidh 's mo mhiann, m' aighear 's mo chiall,
 'S ainnir air fiamh grein' thu.

Thuit mi le d'ghath, mhill thu mo rath,
 Striochd mi le neart dòrainn;
 Saighdean do ghaoil sàit' anns gach taobh,
 'Thug dhiom gach caoin co'-luath;
 Mhill thu mo mhais, ghoid thu mo dhreach,
 'S mheudaich thu gal bròin domh;
 'S mur fuasgail thu trà, le t'fhuran 's le t'fhàilt'
 'S cuideachd am bàs dhomh-sa!

'S cama-lubach t-fhalt fanna-bhuidh' nan cleachd,
 'S fabhradh nan rosg àluinn;
 Gruaidhean mar chaor, broilleach mar aol,
 Anail mar ghaoth gàraidh.—
 Gus an cuir iad mi steach, an caol-taigh nan leac
 Bì'dh mi fo neart cràidh dheth,

Le smaointinn do chleas, 's do shùgraidh ma seach,
Fo dhuilleach nam preas blàth'or.

'S milis do bheul, 's comhnard do dheùd,
Sùilean air lùdh àirneig,*
'Ghiùlaineadh brèid, uallach gu feill,
'S uasal an reul àluinn—
Ach 's truagh gun an t-èud tha'n uachdar mo
chleibh,
'Gad bhualadh-s' an ceud àite.
Na-m faighinn thu rèidh pùsd' on a chlèir,
B'fhasa dhomh-fèin tearnadh.

'S tu 'n ainnir tha grinn, mìleanta, binn,
Le d' cheileire, seinn òran,
'S e bhi 'na do dhàil a dh'oidhche sa là,
'Thoilicheadh càil m' òige :
Gur gile do bhian na sneachd air an fhiar,
'S na canach air sliabh m̀dintich,
Na-n deanadh tu rùn tarraing rium dlù'
Dheanainn gach tùrs' fhògar.

Càrair gu rèidh clach agus crè
Mu m' leabaidh-s' a bhri t'uaisle—
'S fada mi 'n èis a' feitheamh ort fèin
'S nach togair thu ghèug suas leam,
Na-m b'thus a bhiodh tinn, dheanainn-sa luin,
Mas biodh tu fo chuing truaighe ;
Ach 's goirid an dàil gu faicear an là,
'M bi prasgan a' trà'l m'uaigh-sa !

* A sloe, a berry of the blackthorn.

Mollachd an tùs, aig a' mhnaoi ghlùin,
 Nach d' adhlaic sa' chùil beò mi!
 Mu'n d' fhuair mi ort iùl 'ainnir dheas ùr,
 'S nach dùraig thu fiù pòig dhomh,
 Tinn gun bhi slàn, dùisgt' as mo phràmh,
 Cuimhneachadh dàin-pòsaidh;
 Mo bheannachd 'ad dheigh, cheannaich thu-fein,
 Le d' leannanachd gle òg mi.

ORAN EADAR AM BARD, AGUS CAIL-
 LEACH-MHILLEADH-NAN-DAN;

ANNS AM BHEIL AM BARD A' MOLADH A
 LEANNAIN; AGUS A' CHAILLEACH 'GA
 DI-MOLADH.

AM BARD.

ACH gur mise tha duilich,
 'S mi gu muladach truagh,
 Cha'n urra mi àireamh
 Mar a tha mi 's gach uair;
 Gum bheil dōrainn mo chridhe,
 'Ga mo ruighinn cho cruaidh,
 Leis a' chion' thug mi'n ribhinn,
 O nach dirich mi suas.

A' CHAILLEACH.

Tosd a shladaì, 's dean firinn,
 'S na bi 'g innsea' nam brèug,

Cha chreid mi uat fathasd,
 Nach 'eil da'ich do sgèul;
 Ma tha i cho maiseach,
 'S cho pailt ann an ceill,
 'S nach urra' mi t'aicheadh,
 Bheir mi barr dh'i thar chèud.

Ma's a Ribhinn do leannan,
 Faire ! faire ! *brabhoe!*
 Cha bhi t'onoir gun anbharr;
Your servant, my Lord,
 Mur a foghainn leat gruagach,
 Ach te uasal le sròl,
 Gus am faic mi do bhanais,
 Cha chan mi ni's mò.

AM BARD.

Tha mo leannan ni's àilte,
 Na tha san Roinn-Eòrp,
 Gur gile, 's gur glain' i
 Na canach an fhèidh;
 Gur binne na 'chlàrsach
 Leam àbhachd a beoil,—
 Aig a mbiad s' thug mi ghaol d'i,
 Cha 'n fhaod mi bhi bèò !

A' CHAILLEACH.

'S tu dh' fhosgail thar chòir e,
 'S nach sòradh a' bhreug,
 'Sa liughadh gnùis rò-ghlan
 'San Roinn-Eorpa gu leir,

Ma's a samhladh dh'i 'n canach,
 Cha'n aithne dhomh fheum ;
 Ma's è 'gaol a bheir triall ort,
 Deagh bhliadhn' as do dhèigh.

Ma's a binne na 'chlàrsach
 Leat àbhachd a beoil,
 Gur neonach nach cuala' sinn
 Luaidh air a cèd ;
 Mur a h-ealaidh os n' iosal
 Ann an diomhaireachd mhòir,
 Ris an eireadh a chridhe,
 Gun ach tri-'ear m'a còir.

AM BARD.

'Si mo Leannan an '*Eucag*
 Air na ceudan thug barr,
 Gnùis shoilleir, caol-mhala',
 Sùil thairis, ghorm, thlà,
 Beul mìn mar an t-sirist
 O' milis thig fàilt'
 Gruaidh dhearg mar na caoran,—
 Sud aogais mo ghràidh.

A' CHAILLEACH.

Mur b'e iteach na *feucaig*,
 Cha bhiodh speis dh'i no diùdh ;
 Cha'n 'eil math innt' no dolaidh
 Mar a toillich i 'n t-sùil ;
 Chuir a h-ioran, sa casan,
 Mi-dhreach air a mùirn,
 Ge d' tha spailp as a h-eideadh,
 Gura h-eun i nach fiù.

Gnùis shoilleir, caol-mhala,
 Sùil thairis, ghorm, thlà,
 Ge d' tha taitneachdainn seal annt,
 Cha mhair iad ach gearr ;
 Iathaidh bilean dearg, daite,
 Teangaidh sgaiteach, icca, ghèarrt' ;—
 'S mar tha seirce 'nan gruaidhean,
 Cha bhuain' iad na càch !

DRAN A RINN AM BARD DO CHAILIN ARAIDH
 MAR GU'M BITHEADH E RI SUIRIDH
 OIRRE ; AIR DH'I ANABARRA TAMAILT
 A GHABHAIL AIR SON GU'N NOCHADH
 SE E FEIN IDIR RITH E.

AIR Fonn—“ *O! gin I had her happy wad I be,*” &c.

CHaidh mi shuirdh' air nighin,
 Bhèidhich, bharr-fhinn, bhuidhe,
 'S ann a phill mi rithist,
 Mar gu'm bidhinn maol.

LUNNEAG.

Leis a bhall-da-rathrie,
 Hù-ò, hì-ò, haraidh,
 Leis a bhall-da-rathrie,
 Hù-ò, haraidh, hì.

Oidhche dhorcha Dhomhnaich,
 Mar nach d' ordaich Pol domh,
 Thug mi ruaig air mointich,
 Dh' iarraidh pòig a's gaoil.
 Leis a' bhall-da-rathrie, &c.

Dh' iarraidh gaoil a's poige,
 Air a' nighinn bhoidhich,
 Ainnir na Rinn-Eorpa,
 Ged' tha comhnaidh 'n taobhs'.
 Leis a' bhall-da-rathrie, &c.

Cha lugha na diuchd,
 A gheobhadh maoin de' dùrachd,
 'S mor an call chuir sùd oirn,
 Chaidh a' chuis' fa-sgaoil,
 Leis a' bhall-da-rathrie, &c.

Thog mi orm gu frogail,
 Beul an anmoich agam,
 Cha b'ann cròm mar bhodach,
 Ach gu fada caol.
 Leis a' bhall-da-rathrie, &c.

Is ioma' poll a's iobar,
 Anns an d' fhuair mi leagadh,
 Le mo chasaig cheigich,
 Falbh nan creag san fhraoich.
 Leis a' bhall-da-rathrie, &c.

Bha fear eòlais agam,
 Domhnullach nam beannaibh,
 Sealgair geoidh a's eala'
 'S cliamhainn mear a' mhaoir.
 Leis a' bhall-da-rathrie, &c.

'Nuair chuala mi h-aidmheil,
 Phaisg mi 'n taod ma claigeann
 Su'l *Roger* a chadal,
 Cha d' thuir bradai dùrd.
 Leis a' bhall-da-rathrie, &c.

B'eigin tille' dhachaidh,
 Mar dhuine gun tapadh,
 Aig nach biodh de dh'acfuinn',
 Na readh ceart air mnaoi'.
 Leis a' bhall-da-rathrie, &c.

'Nuair a theid mi laidhe
 Cha'n fhaigh mi lochd chadail,
 Le mo bhall-da-rathrie
 'G eiridh ri mo thaobh !
 Leis a' bhall-da-rathrie, &c.

ORAN DO'N CHAILIN CHEUDNA,

AIRSON MOR DHIUMB A BHI AICE RIS A
 BHARD; NACH DO MHOL E I ANNS AN
 ORAN ROI'-SGRIOBHTA. — CHUALA' 'M
 BARD SIN, AGUS THA 'N T-ORAN A
 LEANAS MAR GU'M B'ANN 'GA MOLADH.

AIR Fonn—“*Lennox's love to Blantyre.*”

LUINNEAG.

Thogainn fonn gu h-iullagach,
 Le sog neo-throm, gun duilichinn,

Gu cridheil, sunndach, cuirealdach,
'S mi 'g-ullachadh gu mànran.

O ! dheilbhinn* thoir a' ghealach ort,
Gabh àit' a' measg nam *planatan*,
Cha 'n ionad comhnuidh 'n talamh dbut',
Ach speuran soilleir sàr-ghlan !
Thogainn fonn gu h-iullagach, &c.

Mur Ban-dia dhiuchd o'n athar thu,
Cha d'fhuaradh samhladh fathasd dut,
Cha bhuineadh dhuinne labhairt ort,
'S nach athais sinn dha t'aireamh.
Thogainn fonn, &c.

Ach o'n a's dùilidh talamhaidh thu,
Bheir mis' an iunnsaidh dhearbhta rium,
'S bi'dh dùrachd mo mhac-meanmuine,
Gu t'ainm a chuir ni 's àirde.
Thogainn fonn, &c.

Gur dealraiche na gheala-ghrian thu,
Air barra-bhilidh nan sealg-bheannaibh,
Cur dearg lainnir air garbh-shleibhtean,
Mu anmoichead nan tràthan !
Thogainn fonn, &c.

Gur cuspair binn gach Filidh thu,
An ceòl 'sa fuinn, san iongantais,
Is tu dhannsadh grinn a' *mhinibhit*,
'S *quadrilleachan* na Spainnte.
Thogainn fonn, &c.

* A doll or image.

Thig cinneabhar lomhail ban-rìgh dhut,
 Le srol nan òr-chrios Frangach air,
 'S tu dheilbhinn òg gun samhla' dh'i
 Measg bhain-tighearnan le t'ailteach !
 Thogainn fonn, &c.

Bi'dh diuchdachan ag umhlachdadh,
 'S a tuiteam air an gluinean dut,
 A's ciuin-shealladh do ghnùis gil',
 Mar ùr-chasg o na bhàs dhoibh.
 Thogainn fonn, &c.

Tha innseag chaidreach, chaoimhneasach,
 An aite beag os-roinn agad,
 A's òr-cheardan air oidhcheachan
 Cur *dhaoimeanan* mar *gheard* oirr' !
 Thogainn fonn, &c.

Cruit-chiuil nan lū-chleas Eadailteach
 Gu mùirneach, cùirteil, beadarach,
 Ma dheonaich Pol, no Peadar e
 Bheir breabadaich air clàrsair ?
 Thogainn fonn, &c.

ORAN EILE DO'N CHAILIN CHEUDNA,
 AIR DHI DUAIS A THOIRT DO FHILIDH
 ARAIDH AIR SON AOIR A DHEANAMH
 DO'N BHARD.

AIR AN FHONN CHEUDNA.

LWINNEAG.

A nighean na biodh faran ort,
 Ge bòidheach, buidhe, barr-fhionn thu,
 Cha bhi mi fein ga m' fharrach ort,
 'S rò-mhath an airidh càch ort.

Na bi'n gruaim na's faide rium,
 'S na bi 'toirt duais air abartas,
 O'n 's leam-sa buaidh na h-agalaidh,
 O'n aibidil o'n d'fhàs i.
 A nighean, &c.

Tha tighinn fodham innseadh dhut,
 Gu'n cualadh mi sgeul' mì-cheutach,
 Ach masa breug na firinn è,
 Cha chuir mi 'n ìr' e'n dràsta.
 A nighean, &c.

Ma dhiol thu air son misneach
 Thoirt do bhàrdan maol nan ciotagan,
 Biodh gannra gorm na piosagraich,
 A nis agad mar chlàrsair.
 A nighean, &c.

Cha b'e sud dàn an t-sonais da,
 Na 'm b' fhiach an tàsg a chronachadh,
 'S nach b' ioghnadh òigh cho conach riut,
 A cheannach sgoil Aos-dana.
 A nighean, &c.

'S a bhri' gach sgeul' a chuala' mi,
 Mur breug a ruidh le buaitheam e,
 Gu'n chuir na fir cho suarach thu,
 'S nach d'thoir iad luaidh gu bràth ort
 A nighean, &c.

Gu'n dhiult fear bàn Ghlinn-Tanagaidh,
 Do cheudan marg a's teannadh riut,
 Mar ghrainich thu le eanadas,
 Fir òga, gheala, Ghearr-Loch.
 A nighean, &c.

Cha cheil mi ort gun innseadh dhut,
 Nach cliù air cailin finealta,
 'Nuair dh'iarras fear gu sìobhalt i,
 Gu'n toir i mì-mhodh dha-san.
 A nighean, &c.

Cha b'ionnan sud 's mo leannan-sa,
 Gur faoilteach, fàilteach, farasd i,
 Gur eibhinn, sùgach, geanach i,
 'S i beusach, banail, nàrach.
 A nighean, &c.

Gur dealbhach, foinneamh, dìreach i,
 Gur loinneil, soilleir, fìor-ghlan, i,

Gur slios-ghlan, fallain, mìn-gheal i,
 'S gu'm b' ait leam fein bhi laimh rithe.
 A nighean, &c.

Gur tapaidh, malda, ciatach i,
 Gur maiseach, tlachd-mhor, sgiamhach i,
 Gur ciuineil, baindidh, ciallach i,
 'Na miann mar bha Diana.
 A nighean, &c.

Ged dh' innseadh ceudan comhladh e,
 'S ge d' bhiodh a' Chleir 'ga cho'dachadh,
 Cha chreidinn sgeul nach cordadh rium,
 Ri 'm bhedè air òigh nan tlà-shul.
 A nighean, &c.

Cha tràig mi chaoidh mo dhùrachd dhut,
 O'n 's tric a bha mi 'sùgradh riut,
 'S a' choill' an seinn nan smùdanan,
 Gu binn an tùs a' Mhaighe.
 A nighean, &c.

Fhir òig an drasd' a dh' imich uainn,
 Thoir failt' a bhraighe ghlinne uam,
 Beir soraidh dh' fhios na fine sin.
 A's innis dh'i mar thà mi.
 A nighean, &c.

IORRAM.

AIR FONN—“*Ailean luidich na biodh dìth ort,*” &c.

Mile marbhaig air na bodaich,
 Anns an am so cogadh oirnne ;
 'S na ma fearr bhios d'an cuid gaothar,
 Call an taghail air an t-seors' ud.

'S na ma fearr bhios d'an cuid gaothar,
 Call an taghail air an t-seors' ud ;
 Call an cuspair air gach eilid,
 Gus an teirinn iad gu comhnard.

Call an cuspair air gach eilid,
 Gus an teirinn iad gu comhnard ;
 Seacharan seilg air gach fireach,
 Gun srad theine bhi nan òrdaibh.

Seacharan seilg air gach fireach,
 Gun srad theine bhi nan òrdaibh ;
 Tuiteam seachad air an fhiadhaich,
 Agus sìoladh air a' mhòintich.

Tuiteam seachad air an fhiadhaich,
 Agus sìoladh air a' mhòintich ;
 'S beag mo loinn do luchd nam briogas,
 Ge d' robh gliogadaich 'nam pòcaid.

'S beag mo loinn do luchd nam briogas,
 Ge d' robh gliogadaich 'nam pòcaid ;
 'S beag mo speis do luchd nan casag,
 Ged is iad a's pailte stòras.

'S beag mo speis do luchd nan casag,
 Ged is iad a's pailte stòras ;
 'S truagh nach robh mi fein 's mo leannan,
 'S a' ghleannan 'an goir an smeòrach.

'S truagh nach robh mi fein 's mo leannan,
 'S a' ghleannan 'an goir an smeòrach ;
 Anns a' choill an cluinnt' an smúdan
 Seinn a' chiuil san dlù' chur eorna.

Anns a' choill' an cluinnt' an smúdan,
 Seinn a' chiuil san dlù' chur eorna ;
 Coisirean am barr gach gèige,
 Anns an fheasgar cheitein bhòidheach.

Coisirean am barr gach gèige,
 Anns an fheasgar cheitein bhòidheach ;
 Sgaoilinn mo bhreacan mu'n cuairt dut,
 'S chuireamaid gach gruaim air fògar.

Sgaoilinn mo bhreacan mu'n cuairt dut,
 'S chuireamaid gach gruaim air fògar ;
 Mo lamh fo do mhuineal glè-gheal,
 'S mo bheul ri do bheul 'ga phògadh.

Mo lamh fo do mhuineal glè-gheal,
 S mo bheul ri do bheul 'ga phògadh ,
 Cha b' fhada 'n oidhche gu madainn,
 Gun chadal an caidreamh Mòraig.

Cha b' fhada 'n oidhche gu madainn,
 Gun chadal an caidreamh Mòraig ;
 Bu bheag m' fharmad ri Rìgh Bhreatuinn,
 Ge leis Sasgunn a's Hanobhar.

Bu bheag m' fharmad ri Rìgh Bhreatuinn,
 Ge leis Sasgunn a's Hanobhar ;
 Ge leis Albainn agus Eirinn,
 Gu'm b'annsadh leam fein do chòmhradh.

BRUGHAIICHEAN GHLINNE-BRAON.

LUINNEAG.

Beir mo shoraidh le dùrachd,
 Do ribhinn nan dlù-chiabh,
 Ris an tric bha mi 'sùgradh,
 Ann am Brughaichean Ghlinne-Braon

Gur e mis' tha gu cianail,
 'S mi cho fad uat am bliadhna,
 Tha liunn-dubh air mo shiaradh,
 'S mi ri iargain do ghaoil.
 Beir mo shoraidh, &c.

Cha 'n fheud mi bhi subhach,
 Gur e's bèus domh bhi dubhach,
 Cha dirich mi brughach,
 Chaidh mo shiubhal an lugh'd.
 Beir mo shoraidh, &c.

Chaidh m' astar am maillead,
 O nach faic mi mo leannan ;
 'S ann a chleachd mi bhi mar riut,
 Ann an gleannan a' chaoil.
 Beir mo shoraidh, &c.

Ann's a' choill' am bi'n smùdan*
 'S e gu binn a' seinn ciuil duinn,
 Cuach a's smedrach 'gar dùsgadh,
 'Cur na smùid diù le faoilt'.

Beir mo shoraidh, &c.

'S tric a bha mi 's tu mireadh,
 Agus càch 'ga nar sireadh,
 Gus 'm bu deònach linn tilleadh,
 Gu Innis nan laogh.

Beir mo shoraidh, &c.

Sinn air fàireadh na tulaich,
 'S mo lamh thar do mhuineal,
 Sinn ag eisdeachd nan luinneag,
 Bhiodh am mullach nan craobh.

Beir mo shoraidh, &c.

Tha mise 'ga ràite, -
 'S cha 'n urra mi àicheadh,
 Gura iomadach saruch'
 Thig air àiridh nach saoil.

Beir mo shoraidh, &c.

Gur mis' tha sa' champar,
 'S mi fo chis anns an am so,
 Ann am prìosan na *Frainge*,
 Fo ainneart gach aon.

Beir mo shoraidh, &c.

Ann an sèir ùichean glaiste,
 Gun chedl, no gun mhacnas,

* The Ringdove.

Gun òrdugh a Sasgunn,
Mo thoirt dhathaigh gu saor.
Beir mo shoraidh, &c.

Cha b'ionnan sud agus m' àbhaist.
A siubhal nam fàsach,
'S a' dìreadh nan àrd-bheann,
Gabhail fàth air na laoigh.
Beir mo shoraidh, &c.

A' siubhal nan stùc-bheann,
Le mo ghunna nach diùltadh;
'S le mo phlasgaichean fùdair,
Air mo ghlùn anns an fhraoch.

Beir mo shoraidh le dùrachd,
Do ribhinn nan dlù-chiabh,
Ris an tric bha mi sùgradh,
Ann am Brughaichean Ghlinne-Brao.

COMHAIRLE BHAIRD DO MHAIGH-
DEANAN OGA.

(ANN AM BEURLA 'S AN GAELIG.)

AIR FONN—“*The Rock and wee pickle Tow.*”

*Ye bonny young vi jins, ge sgiobalt 'ur ceum,
Be careful gun tréig sibh, an fhéill so gun dàil*

*For though ye be handsome, 's ge meachair 'ur
bèul,*

'S fìor nonsense gun chèill, mur reitich sibh tràth,
*For old age is a beist 's bidh gach gne choire
dh'i,*

Cur dium-buaidh air a snuadh cha bhi uair
loinneil d'i,

Therefore, don't tarry, but marry gu luath,
Ma's bi sibh gu truagh, dol am buar mar a's àill.

*For beauty is fading, gun stad ach air sgè
Mar aiteal do'n ghrein air eudann gach aird;
And though you have riches, gur tubaist gun
cheill,*

Mur tuig sibh' ar feum air an fheill so 'na thrà.
*When you want, you'll repent, but they shan't
marry you,*

Their gach bean tha i sean, 's cha d'thoir fear
aire dh'i;

Bidh sibh-se gu dubhach, ri cumha 's ri caòdh,
A's liunn-dubh fo-thuinn a chaoidh ga nar cramh!

Nach cuis ghràin agus mi-thoirt, seann nighean
gun sgiamh

'Na briogaid gun mhiagh, 's nach iarrar a pòg!
Bi'dh h-aodann air casadh, bi'dh falt air fàs liath,
Bi'dh cam-char 'na bial a's fiar-char 'na sròin,
*When she'll whine and repine, cha bhi loinn tuille
dh'i,*

Not a kiss a gheobh is' she'll be meas cumanta,
Gun cheile, gun leannan, gun teallach, gun tuar,
Na seasg-chaillich thruaigh, fo smuaisean 's fo
bhròn.

The lily, the fairest by far of the flowers,
 Ge moiteil a mhuirn cha mhair è ach gearr;
And the beautiful rose of most glorious hue,
 Thashnuadh dola mugh seach bruthainna' Mhaigh,
 Sud mar's nòs do gach òigh tha gach lò 'sean-
 achadh,
 Gus an cail iad an geall 's nach e'n t-àm teann-
 adh riu,
 'N uair thrèigeas a' mhaise, sa sguireas an loinn,
 Bhi 'g acain a chaoidh nach d' rinn iad e tràth.

ORAN A RINN AM BARD DO FHEAR TURUIS
 A BHA GABHAIL NA SLIGHE MAILLE
 RIS AS AN TAOBH-DEAS, AIR DHA BHI
 RO -BHUAILTEACH DO DHUBHAILC
 ARAIDH.

LWINNEAG.

E hò ro mo Chaluman,
 Bi fearail mar bu dual dut,
 Bu dùchas o do sheanair dhut,
 Bhi fanarach air gruagaich :
 Na'n tachradh caileag ghorach riut,
 Gan doigh aic' air bhi gluasad,
 Bu mhiann leat a bhi turabar
 Sa c * * * * * d air a h-u. * * * * r !

An cualadh sibh mu'n Chaimbeulach
 Bha thall an ceann Strath-h-eurann,

'Nuair nochd e ris a' Bhaintighearna,
 A bhall dar bha e 'g èiridh ;
 Rug i air a' chabar
 Chom a spealteadh anns na speuraibh,
 'S mar b'e miad na casadaich,
 Cha mhis' a b' fhasa' greidheadh.
 E hò ro, &c.

Oidhch' ann an Dun-chailleann dut,
 Cha'n fhanadh tu fo'n aodach,
 Gun mhionnaich thu nach stadadh tu
 Gu'm biodh do mhaide 'n g * * * * * d,
 Bha croisean anns an rathad ort,
 A feitheamh air gach taobh dhìot,
 Gun d'thug an cù-dubh glamadh ort,
 A chuir o mhath do mhaolach.
 E hò ro, &c.

Oidhch' ann an Taigh-tabhairn dhut,
 'S gun robh sinn ann le cheile,
 Aig brughaichean Bochudair,
 Gu'n robh do chuid-sa 'g èiridh,
 Dh' fhalbh thu as an leabaidh 'uam,
 Gu'n dad ort ach do leine,
 Gu'n bhuaill am meann-bhoc bailgean thu,
 Chuir sud an dealg o fheum ort.
 E hò ro, &c.

'S duilich leam a Chalumain,
 Nach fan thu as an èucoir,
 'S nach sguir thu dheth an t-striopachas,
 Gu'n cai l thu bhrìgh sa bheusaich,

Mur b'e gu'n cuirinn mi-ghean ort,
 Gu'n innsinn dha na Chleir e—
 Nach 'eil bean òg no cailleach,
 Air nach farraich thu do pheiris !
 E hò ro, &c.

'Bheil cuimhn' agad dar dh'fhag thu mi,
 Air druim-na-Laire na m' ònar,
 'Sa thog thu ort gu h-inntinneach,
 Gu bhi 'n Cill-Fhinn air Dhōnach,
 'S mur b'e miad an eagail 'bh'ort,
 Ro na chreideamh Pholach,
 Gu-m fiachadh tu do chlach-bhalg,
 Air nighean ghlas an òsd-fhear.
 E hò ro, &c.

A Chalum bheirinn comhairl' ort,
 Na'n gabhadh tu gu caomh i,
 O'n tha sinn dol a dhealachadh,
 A's neach a dol gach taobh dhinn,
 Thu leagadh dhiot nam magaidean,
 A bh'agad ri *Nic-Clucais*,
 Air neagh gu fuaidh i breaban riut
 A leagas do *Mhac-Gruisleig* !
 E hò ro, &c.

ORAN A RINN AM BARD, MARC UN DEANADH
SEOLADAIR DEASACH E, AIR DHA BHI
ANN AN TAIGH-DANNSAIDH, ANNS AN
TAOBH-TUATH.—THA'M BARD AIR DEAN-
AMH AN ORAIN DO REIR GAELIG AN
T-SEOLADAIR FEIN.

AIR FONN—“*Ach gur mis' tha gu duilich,*” &c.

BHA mi 'n raoir san taigh-dhannsaidh,
Bha iad *tranga* gu leor,
Bha na h-ionagan glan ann,
'S iad cho cannach 's bu chòir
Cha robh srad air a' ghealbhan,
O'n a dh'fhalbh sinn o bhòrd,
Ach grainne beag luaithre
Bha fo sguadradh nam bròg.

Bha na Maireagan uil' ann,
Is iad air tional gach taobh,
Ge d' nach d' eirich a' Ghealach,
Cha robh maill' air a h-aon,
B' fhearr sud na bhi 'm breislich,
Cur a *Cheti* fa'-sgaol,
Na bhi *pumpadh* na Deonaid*
Air a mhor-chuan re gaoith.

Cha 'n eil beath' ann a's boidhche,
Na th'aig seoladair fein,

* Seonaid.

Seach gu'm bi è na mharaich,
 Bi'dh na cailean á dheigh',
 Bidh na h-ionagan cannach,
 Ga leantuinn gu leir,
 Toirt am mionnan gu *sure is I*,
 Nach bi *trusair* gun fheum !

An d'thug thu 'naire Rob Taileir,
 'S a chuid Màireagan fein,
 Agus deidh aig na h-òighean,
 Air a phògadh gu leir ;
 Bi'dh esan 'gan ruagadh,
 'S 'gam buaireadh le bheul,
 Tha e soireanta so-ghradh't,
 Mar gu'm pòsadh e ceud.

Am fac thu 'n sgiobair bha laimh ris,
 'S a Mhàireag r'a thaobh,
 A lamh thar a muineal,
 'S i buileach 'na ghaol,
 Reag i leis thar Caol-Mhuile,
 Agus tiumal a Mhaol,
 Gu bhi *loradh a phica*,
 'Nuair is dripeal a ghaoth.

Cha'n'eil *doubt* arsa Maireag,
 Nach *overhalig* mi ball,
 Ach gille gramail bhi shios orr',
 Nach d'thoir fiaradh g'a ceann ;
 Ge d' a thigeadh na *squalaichean*,
 Cruaidh o na ghleann,
 Cha bhi'n sgiobair fo mhi-ghean,
 Gus an diobair a chrann.

Tha iasgach an sgadain,
 Ro bheag againn san am,
 On se 'n t-*ounair* tha *cost* oirn,
 Cha bhi 'm *brot* oirn air chall,
 Bithidh *grog* againn daonnan,
 'S cha bhi aon fhear gun dram,
 'S gheibh sinn nionagan bòcha*
 Gu ar pogadh a's taing.

Gheibh sinn nionagan bòcha,
 A's mnathan òga gu rèidh,
 'Se mo roghainn-s' an nionag,
 On a bhios mi rì beud ;
 Thainig comhlan dhiu tharais
 Air a' chala so 'n de,
 'S bha sinn mar riu a' dannsadh
 Fhad sa shanntaich sinn fein.

Cha 'n eil *shig* 's na puirt *Fhrangach*
 Nach danns iad air uair,
 No càr an Dun-eidin
 Gun aig te san Taobh-Tuath ;
 Miann-sùl bhi 'ga iersinn,
 'S iad a' leumnaich mu'n cuairt,
 Mar ri ba'-laoich chinn-'illeach,†
 'S sgal pioba nan cluais !

* Boidheach.

† Ceann-'illeach, *i.e.*, Ceann-fidhle, alluding to a ship with a fiddle head.

ORAN

A rinn am bàrd do dhuin' araidh a thuarasdalaich e re là, air son togail crè a poll ; agus air do'n fheasgar teachd cha d'thainig an duine dhachaidh. Air son so bha 'm bàrd fo imcheist, le mor ioghnadh nach robh e tighinn; air an aobhar sin chuir è gille beag a bha mu'n taigh air a thoir. Thainig an gill' air ais, ag innseadh do'n bhàrd nach robh e 'n sud idir, agus gu'm b'è mhòr bharrail-s' nach bu bhed e. Air gabhail eagail do'n bhàrd gun d'thainig sgiorradh 'na char, fadheoidh d' fhalbh e fein agus fhuair se è mairnealaich ri taobh a' phuill agus an obair gun deanamh.

AIR FONN—“ *Sgian dubh an sprogain chaim.*”

MARBHAISG air luchd mi-ruin,
 A bha 'g innseadh dhomh nam brèug,
 Nach bu bhed mo charaide,
 Ma chailleadh e b'e 'm bèud ;
 'Nuair thog mi orm gu bas-bhualadh,
 'S gu toirt-a-mach gun cheill,—
 Co 'fear mòr a chitheamaid,
 A' tighinn ach thu-fein!

Chi mi laoch is gaisgeanta,
 Dha maiseil thig na h-airm,
 A ri ! gur mairg a chasadh ort,
 Le strì 'n uair lasadh t' fhearg ;
 Fear mor tha crodha 'n ais-sith thu,
 Bhiodh speiceil, spaiceil, garg,
 'S laoch cho treun 's tha'm Breatuinn thu,
 Ro'n teich an t-arm d'arg.

Cha n'ìoghna' mi bhi àrdanach,
 'S gur càirdeach mi dhut fein,
 Armuinn mhoir nam brataichean
 'S nan du'-lann sgaiteach, gèur ;
 Le ceannas cruaidh neo-lapanach,
 A' dol am baiteal strèup ;
 Dh' eireadh sog a's sunndachd oirn,
 Ri cluinntin guth do bheil.

'N uair bha thu 'na do sheanaileir,
 San iomairt thall air chuan,
 Latha *Fontenòì*
 Gu'm bu leoghanta do shnuadh,
 'N uair dh'fhosgail iad am *bataraidh*,
 Gu'n ghlac thu iad san uair,
 Thionndaidh thu na *cannonan*,
 Gu toirt a' Bhaile uap'.

Bu chuis-thruais na Frangaich,
 'S iad 'nan deann air an *ratreat*,
 A' tilgeadh dhiubh nan casagan
 Gu faral às uat fein ;
 Na coisichean 's na marcaichean,
 'S na bh' ac' a shluagh gu leir
 Dol turaichean, air tharaichean,
 'S cha shealladh iad 'nan dèigh !

Cha b'fhada bha thu 'ciosachadh
 Nan Innsin sear gu leir,
 'N uair a chaidh thu 'n talamh sin,
 Thig *Hideraidh* gei l ;
 Mar b'e litir bhàn,
 A chuir a *Pharlamaid* 'ad dheigh,

Thu 'n talamh teith sin fhàgail,
Mu'n d'rea'db do shlaint 'an èis.

Bha mi 'n *Siberaltar* leat,
'Nam ghlas-ghiullan gun treùir,
A' leidigeadh nan each agad
'S 'gam faicinn air an seol.
Thog thu o she-sgillinn mi
Gu leith-*ghinnie* de'n òr,—
Fhuair thu *posta captain* dhomh
Le d' fhacal o na Bhòrd.

A's thug mi turas eile leat,
Nach ceil mi anns an am,
'N uair shrac thu 'm peitean sioda,
Bha air nighean Rìgh na *Fraing*,
Leag thu anns an t-seomair i,
Air leabaidh shròil bha thall !
'S ge b'e 'n rud a chuir thu 'n ceill dh'i,
Tomh'sibh fein e chlann.

'S ann an sud bha bhri'agraich,
'Sa bhrithinn thairis, chaoin,
Bha ise, 'na'm b' fhior, faralach,
A's tus a farrach gaoil ;
Ach dh'aithnich mi 'nuair chaidh thu'n uachdar,
Nach biodh t' uarais faoin,
Chuir thu 'n t-urlar as an leabaidh,
'S thug sibh glag araon !

Cha d'rinn an Rìgh dhiot Ridire !
San trid-a-bac dha fein !
Ach ni mi fein an nis dhiot e

Thiotan beag gun bhreig,
 Rù, rā, Ridire!
 Bloidh biodaige, bun sgèith,
 Luirach mhailleach, 'claidhe bearnach,
 Clogaid nach fearr feum!

ORAN CUMHAIDH

A RINN AM BÀRD' NUAIR A PHÒS A LEAN-
 NAN (MÒR RÖS) AIR DH'I DHOL DHACA-
 IDH DO SHASGUNN MAILLE RI COMPAN-
 ACH.

AIR FONN—" *Robai dona gòrach.*"

Ge fada 'na mo thamh mi
 Tha 'n damhair dhomh dùsgadh,
 Cia fàth mu'n thriall mo mhanran,
 'S gu'm b'abhaist dhomh sùgradh?
 C'arson a bhithinn brònach?
 Mu'n òigh 's gun a diù dhomh,
 Ged ghlac i'n luib a graidh mi,
 Le àmhailtean *Chupid.*

Gach fear a bhios a' feoraich
 Mar leonadh le g'vol mi,
 Tha roghainn sud to'n tuathdaidh,

On 's dual da bhi smaointeach ;
 Cha 'n aidich mi ach fòil e,
 'S cha mhò ni mi saoradh
 Thig m' ùr-sgeul o *Apollo*,
 Mar sheolas an *Naoinear*.

Ach sud mar sheinneadh Cormac,*
 'S e dearmad a cheud ghaoil,
 'S e gabhail cruit da iunnsaidh,
 Le inneal ciuil 'ga ghlèusadh,
 On chuir Finne 'n diù-chall,
 Mo shùgradh 's mo bhèusan,
 Gu'm bàth mi'n guth an orghain,
 Le torghan mo spèis dh'i.

* Tradition says that the Cormac, whom the Bard mentions so often in the above song, was an Irish harper, who came to Scotland and visited several of the Highland Chiefs. He at length went to the family of Macleod of Lewis, and served him for several years as a harper. Having fallen in love with Macleod's eldest daughter, he resolved, the first opportunity, to fly with her to Ireland. One night, after supper, Cormac tuned his harp, and played a Druidical tune of the name of "*Deuchain-ghleust' Mhic-o'-Chormaic*," which had the power to lull all to sleep who were within hearing of it. By this magic music the whole of Macleod's household fell into a deep slumber. Cormac then drew a large dagger, which he used to carry about him, called *Madag-achlais*, to cut Macleod's throat. As he was drawing near the Chief with his knife, Macleod's eldest son came in, after returning from his daily mountain sports, and seeing Cormac approaching his father with such a dreadful weapon, exclaimed—"Cormac! Cormac! what do you intend to do— are you mad?" Cormac replied, "Mad, my young man! think you so? I am not; but I hav a regard for your fair sister, whom

'N uair dh'eirich Cailean Cormac
 Air chorra-ghleus gu fàrsan,
 Gu'n d'fhèdraich am fear òg
 An goraich a dh' fhas ann,
 'Sa liughad cailin beul dhearg,
 Cho bèusach 's cho nàrach,
 A's Finne th'air an fheill,
 A tha feumach air mànran.

'N uair chual' am Macan-baoth sin,
 'S a ghaol bhi do-mhuchta,
 'Se smaoinich e gu thearbadh,
 Bhi falbh as a dhuthaich,
 Ach nochdadar na h-aobhair,
 'S e 'n caoin ruidh le tùrsa,
 Gun ghlac e cruit a's sheinn e,
 Le binn cheòl as ùr e.

Bha feiteach air an an orghan,
 Aig Cormaic ri ard-cheol,
 Mas biodh an Fhinne 'n uachdar,
 Air duan na fuaim clàrsaich,

I am resolved to bring along with me to Ireland; and as your aged father will not gratify my desire, I must sever his head from his body and clear my way." On hearing this, the youth replied, "You had better not, as you may get your choice of a thousand virgins in Scotland, fairer by far than my sister, without committing so cruel a deed." Cormac said, "You speak truly, my young man; hand me my lyre, that I may banish the virgin's love with the sound of my harp." The bard uses this history as a text to the above song, where he complains that Cormac, with the melody of his harp, had cured his love, while a remedy for his own was never to be found.

Ach cha d'fhuair mise sgeul
 Ann am Beurla no 'n Gàellig,
 A dh'innseadh dhomh mar dh'fhaodainn
 An gaol ud a smaladh.

O ! teirmeasg air a' ghaol sin,
 Nach faodainn a threigeadh,
 A's gur è chuir an lugh'd mi
 Bhi smaointinn bean t'èugais,
 'Se 'n t-seirc a bha 'n ad ghnuis-ghil,
 A lub mi gu eugail,
 'S nach dean Lighich' slàn mi,
 Och ! b'fhearr gu'm b'e 'n t-èug e.

Is Ciomach ann ad ghaol mi
 Ri smaointinn bean t'ailteachd ;
 Cha chadal anns an oidhch' dhomh,
 'S cha 'n fhois anns an là dhomh ;
 Cha-n fhacas ri mo rè,
 'S cha-n fhaigh mi sgeul gu bràth air
 Ni b'annsa' na bhi reidh 's tu,
 A gheug nam bas bàna.

Gur binne leam do chòmhradh
 Na smeorach nan geugan,
 Na cuach sa mhadainn Mhaighe,
 'S na clàrsach nan teúdan,
 Na'n t-Easpuig air la Dòmhnach
 'S am mor-shluagh 'ga eisdeachd,
 Na ge do chunnta' stòras
 Na h-Eorpa gu leir dhomh.

C'arson nach d'rugadh dall mi,
 Gun chainnt no gun leirsinn?
 Mu-m facas t'aghaidh bhaindidh,
 Rinn aimhleas nan ceudan;
 O'n chunna' mi air thùs thu,
 Bu chliùtach do bheusan,—
 Cha-n fhasa' leam na'm bàs
 A bhi lathair as t'èugmhais!

Ach 's truagh! gu'm beil do run-sa,
 Cho dùr dha mo leanmhuinn,
 'S mo chridhe steach 'ga ghiulan,
 A h-uile taobh dha falbh mi,
 An cadal domh no dùsgadh
 A' sùgradh no 'seanachas
 Tha sud da m' ruagadh daonnan,
 'S mi sgaoilte gun tearmunn!

Ach fàgaidh mi mo dhùthaich
 Gu 'n dioch'naich mi pairt dheth,
 Ro-mheud 's a thug mi rùn
 Ga do chul buidhe, fainneach;
 Air triall dhomh thar m' èolas
 A dh'aindeoin mo chàirdean;
 Tha saighead air mo ghiulan,
 A lùbas gu làr mi!

'S a nis' o'n a thriall thu,
 'S nach b' fhiach leat mo mhànrán,
 A chionn 's nach robh mi stòrasach,
 Mor ann an stàta,
 Ach sud 'ge d' robh da 'm dhi'-sa,
 Cha 'n is' eh mi pairtinn,

Tha m'aighe torrach, fìor-ghlan,
Nach diobair gu bràth mi.

Ach ma's a triall gun dàil dut,
Gu àite na mor-sheol,
Gun fhuireach ri do chairdean,
Do dhàimh, no luchd t'èolais,
Biodh soirionn air na speuraibh.
Gun eiridh air mor-thonn,
A dh' aisigeas le reidh ghaoith
Gun bheud thu gu seolaid.*

Mar sud bha ur-sgeul Chormaic
Cho dearbhtha 'sa sheinn e,
E-fein 'sa chomunn òg
'S iad gle bhrònach ma thimcheal,
E gabhail cead le pòig dh'i,
Gun chòmhradh gun impidh
'S e dìoladh guth an còdhail,
Na h-òighe gu 'n till è.

ORAN EILE, AIR AN AOBHAR CHEUDNA.

THA mise fo mhulad san àm
Cha'n òlar leam dram le sunnd,
Tha durrag air ghur ann am chàil
A dh'fhiosraich do chāch mo rùin,

* A harbour.

Cha 'n fhaic mi 'dol seachad air sràid
 An cailin bu tlàithe sùil ;
 'Se sin a leag m'aighe gu làr
 Mar dhuilleach o bharr nan craobh.

A ghruagach a's bachlaiche cùl
 Tha mise 'gad iundrain mòr,
 Ma thagh thu deagh aite dhut fein
 Mo bheannachd gach rè gud'chòir :
 Tha mise ri osnaich 'nad dheigh,
 Mar ghaisgeach an dèis a leòn ;
 'Na laidhe san àraich gun fheum
 'S nach d'theid anns an strèup nì's mō !

'Se dh' fhàg mi mar iudmhail* air trèud,
 Mar fhear nach d' thoir spèis do mhnaoi,
 Do thuras thar chuan fo bhreid,
 Thug bras shileadh dhèur o m' shùil—
 B'fhearr nach mothaichinn fein
 Do mhaise, do cheill, 's do chliù ;
 No suairceas milis do bhèil
 A's binne na sèis gach ciùil.

Gach aon duin' a chluinneas mo chàs
 A' cur air mo nàdur fiamh,
 A' cantainn nach eil annam ach bàrd
 'S nach cinnich leam dàn a's fiach—
 Mo sheanair ri pàigheadh a mhàil,
 'S m'athair ri màlaid riabh ;
 Chuireadh iad gearain an crann
 A's ghearainn-sa rann ro' chiad.

* A fugitive.

'S fad a' tha m' aigne fo ghruaim
 Cha mhosgail mo chluain ri ceòl,
 'M breislich mar ànrach a' chuan
 Air bharraibh nan stuagh ri ceò.
 'Se iunndran d' àbhachd uam
 A chaochail air snuadh mo nedil,
 Gun sùgradh, gun mhire, gun uaill,
 Gun chaithream, gun bhuadh, gun tredir !

Cha dùisgear leam ealaidh air àill',
 Cha chuirear leam dàn air dhòigh ;
 Cha togar leam fonn air clàr,
 Cha chluinnear leam gàir nan òg.
 Cha dirich mi beallach nan àrd
 Le suigeart mar bha mi'n tōs;
 Ach triallam a chadal gu bràth
 Do thalla nam bàrd nach beò !



ACHASAN AN DEIDEIDH,
 A DEUDACH DHOMHNUILL FHRISEIL.

MILE marbhaisg ort a dhèididh,
 Thar gach galair,
 'S duilich leam mar dh'fhàg thu
 M'eudail dheth na fearaibh,
 Bheir gach tinneas eile dhuinne fànadh
 'S fàth furtachd.

Ach 'se bheir thus', a bhruidear mhilltich,
 Ionnsaidh mhort oirnn :
 Cha-n àill leat gun d'theid deoch, no drama,
 Steach fo'r carbad
 Ach gabhail dhuinn as ar claigeann
 'S ar grad mharbhadh.
 Cha luaithe dh'eirich Domhnull Friseil
 As a' chuartaich,
 Na chuir thusa do nimh 'an ìre
 Gus a thruailleadh ;
 Cha-n fhoghnadh leat na rinn an teasach
 Air an truaghan,
 Ach thu fein a dhroch bhuill deis'
 A dhol 'ga thuaingneadh,
 Bha cnaimhean a chinn, a's eudann
 'Sa dhèud uile,
 Mar gu'm biodh muill'ear 'ga riasladh
 Fo chloich mhuilinn :
 No mar gu'm biodh gobha Gallda
 Ga theann sparradh,
 An glamaire teannta, cruaghach
 Do chruaidh stàilinn.
 Ach thig do dhriug mur 'eil mi meallt'
 Ma chluinn Mac-Shimidh,
 An diol a rinn thu, a thrudair bhrùideal,
 Air fhear-cinnidh,
 'S e-san a loisgeas an dù'-thuill* ort,
 'S cha sinne uile !
 Bheir e n' t-arm dearg a Sasgunn
 Gu do sgiursadh,

* The Gael's primitive name for artillery.

Le peileirean dearga, lasrach,
A's neart fùdair—
Grain ort nach do ghabh thu trudar
No fear doicheil,
Ach an duine fiughantach, fialaidh,
Chur o chosnadh,
'Sa liughad cailleach sgaiteach, bheur',
A's reabhair caile
Tha feum an carbad 's an deudach
A leir sgaradh ;
Edar Irt, a's Peairt, a's Ile
'S tìr Mhic-Ailein,
No ge do thogradh tu sineadh,
Aig a' bhaile.



ATH-LEASACHADH.

ATH-LEASACHADH,

ANNS AM BEIL TRÌ DAIN

LE IAIN MAC-AOIDH,

AM FÌOBAIRE DALL,

SEANAIR AN ÙGHDAIR.



BEANNACHADH BÀIRD DO SHIR ALASDAIR
MAC-CHOINNICH, TRIATH GHEARR-LOCH:
AIR DHA NIGHEAN THIGEARNNA GHRANND
A PHOSADH.

Gu'm beannaiche' Dia an teach 's an tùr
'S an tì thainig ùr 'nur ceann,
Geug shona, sholta gheibh cliù,
'Ni buanachd dùthacha 's nach call.

A gheug a thainig 's an deagh uair,
Dha 'm buadhach muirn agus cèdì
Ogha choinnich nan rùn reidh,
'S Baron Shrath-Spè nam bò.

O Iarla Shì-phort an tòs
 Dhiuchd an òigh a's taitnich bèus ;
 'S o'n Tuitear Shàileach a rìs.
 A fhreasdaileadh an Rìgh 'na fheum.

'S bithidh Granndaich uime nach tìm,
 Bu treubhaich iomairt 's gach ball.
 O Spè a b' iomadaich leinn,
 A 's feigh air firichean àrd,

'S ann o na Cinnidhean nach fànn,
 Thainig an òigh a's glaine crè ;
 Gruaidh chorcair, agus rosg mall,
 Mala chaol, cham, 's cul rèidh.

Tha h-aodann geal mar a' chailc,
 'S a corp sneachdaidh air dheagh dhealbh ;
 Maoth leanabh le gibhtean saor,
 Air nach facas fraoch no fearg.

Tha slios mar eala nan sruth,
 'S a cruth mar chanach an fheoir ;
 Cul cleachdach air dhreach nan teùd,
 No mar aiteal grein air òr.

Bu cheòl-cadail i gu suain,
 'S bu bhuaichail' i air do-bhèus ;
 Coinneal sholais feadh do theach,
 A' frithealadh gach neach mar fheum.

Gu-m meal tì u-fein t' ùrbhean òg,
 A Thriath Ghcarr-Loch nan còrn fial ;
 Le toil chairdean as gach tìr,
 Gu meal thu ì 's beannachd Dhia.

Gu-m meal sibh breath agus buaidh,
 Gu-m meal sibh uail agus mùirn,
 Gu-m meal sibh gach beannachd an cèin,
 'S mo bheannachd fein dhuibh air thùs.

'S iomadh beannachd agus teist,
 Th'aig an òigh a's glaine slios ;
 'S beannachd dha'n tì a thug leis,
 Rogha nam ban an gnè, sam meas.

DÀN DO SHIR ALASDAIR MAC-DHOMHNUILL
 SHLEIBHTE, CEANN-CINNIDH CHLANN-
 DOMHNUILL NAN EILEAN,

Air dha tighinn dhachaidh a Lunainn do Chaisteal Armadail san Eilean Sgitheanach, agus a' Bhain-tighearn' a bhi marbh a staigh air a chinn. Tharladh dha na Phò-baire dhall a bhi staigh san àm, agus sheinn e 'n dàn a leanas 'na dhàil, a nochdadh dha gu'n chàill iomadh Trèun a's Flath an ceud ghràdh, d'a b'eigin fadheoidh sòlas a ghlacadh.

BEANNACHD dhut o'n ghabh thu 'n t-àm,
 O chrìoch nan Gall gu do thìr,
 Dùchas tha ri slios a' chuain
 'S tric a choisinn buaigh dha Rìgh.

Do bheath' gu do thìr fein,
 'Dheagh M'ric-Dhomhnuill nan sèud saor,
 'S ait le maithibh Innse-Gall,
 Do ghluasad a nall thar chaol.

'S ait le fearaibh an Taoibh-tuath,
 Gu'n bhuannaich thu mar bu chòir
 Troteirnis uil' agus Sleibhte,
 Uithist nan eun as nan ròn.

'S ait le fearaibh an Taoibh-deas,
 Gu'n shuidhicheadh tu ceart gu leor,
 'S tu sliochd nan Rìghrean o shean,
 Dha'n robh miagh fainear air ceòl.

Ach 'sann dhomh-sa b'aithne 'm bèus,
 Na ghabh rium fein diu' o thùs,
 Croinn-iubhair le brataichean sròil,
 Loingeas air chòrs a's ròs ùuil.

Long a's leoghan a's lamh-dhearg,
 'Gan cur suas an ainm an Rìgh,—
 Suaicheantas le 'n eireadh neart,
 'N uair thigeadh ur feachd gu tìr.

Na 'n tàrladh dhuibh' bhi air leirg,
 Fo mheirghe dha'm biodh dearg a's bàn
 Gu maiseach, faicilleach, treun,
 Chuireadh sibh *ratreat* air càch.

Gu h-armach, armailteach, òg,
 Neo-chearbach 'an tòir no'n ruaig.
 'S gach àite 'n cromadh an ceann,
 Bu leo na bhiodh ann, 'sa luach.

B'aithne dhomh Sir Seumas mòr
 'S b'eòl domh Dòmhnall a mhac,
 B'eòl domh Dòmhnall eile rìs,
 Chumadh fo chis na slòigh ceart.

B'èd domh Dòmhnall nan trì : Dòn'ull
 'S ge b'òg e, bu mhòr a chliù,
 Bhiodh feara Alb' agus Eirinn,
 Ag èiridh leis anns gach cùis.

B'eol domh Sir Seumas na ruin,
 T'athair-sa mhic-chlùitich fein,
 'S tus a nis an siathamh glun
 Dh'ordaich Rìgh nan dùl 'nan dèigh.

Na'n tuiteadh m' aois cho fad a mach,
 'S do mhac-sa theachd air mo thim—
 B'e sin dhomh-s' an seachdamh glùn,
 'Thainig air an Dùn ri m' linn.

'S cha 'n iognadh dhomh-sa bhi crion,
 A's mo chiabhag a bhi liath,
 'S gach aon diu' le cridhe mòr
 Toirt dhomh airgid a's òir riabh.

'S gach aon diu' 'ga m' àrach cluth,
 Thuigeadh iad uam guth nam mèur;
 'S tha iadsa sàbhailt' an diugh,
 Anns a Bhrugh am beil iad fein.

'S tha mis' air fuireach san àr,
 'S mi cur a' bhlaire mar bha riabh,
 S mo chridhe 'g osnaich 'nan dèigh,
 Mar Oisian an dèigh, nam Fiann !

Gu-m meal thu t' oighreachd, 's do chliù,
 Dheagh Mhic-Dhomhnuill nan run rèidh,
 'S ged dh'imich uat t' ùr bhean òg
 Na biodh ort-sa bròn 'na dèigh.

'Sa liughad òigh thaitneach gun di,
 Tha eadar Clar-sgì * a's mon-ròs
 'S ma dha thaobh Arcamh a' chùain
 Deas a's tuath, thall sa bhos.

Agus iad uil' ort an dèigh
 Bheireadh dhut iad-fein 's an cuid,
 Oighean taitneach nam beul binn,
 Nam mèur grinn, 's na broinne buig.

Chaill Rìgh Bhreatainn, a's bu bhèud,
 A leabaidh fein leug a ghaoil ;
 'S o na tharladh sud 'na char,
 B'eiginn dha bhi seal gun mhnaoi.

Mac-Rìgh Sorcha sgiath an airm
 Gur e b'ainm dha Maighre borb,
 Chaill e gheala-bhean mar ghrèin
 'S dh' fhuirich e-fein 'na deigh beò !

Chaill Rìgh na h-Easpailt a bhean,
 Ainnir gheal nigh'n Rìgh Greig,
 'S gach aon diubh gabhail a null,
 'S dh'imich o Fhionn a bhean fein

On tha'n saoghal so 'na chedò.
 'S gur doigh dha bhi dol mu'n cuairt ;
 Bidh'mid subhach annain fein
 'S beannachd leis gach nì 'chaidh uainn

* A name for the Isle of Skye.

CUMHA CHOIRE-'N EASAIN.

Mi 'n diugh a' fàgail na tìre,
 'Siubhal na frìdh air mo leath-taobh ;
 'S è dh'fhàg gun airgiod mo phòca,
 Ceann mo stòir bhi fo' na leacaibh.

'S mi aig bràighe 'n alltain riabhaich,
 Ag iarraidh gu Bealach na fèatha,
 Far am bi damh dearg na cròice,
 Mu fhèill an Ròid a' dol san dàmhair.

'S mi 'g iarraidh gu Coir'-an-easain,
 Far an tric an sgapadh fùdar,
 Far am bi'dh miol-choim 'gan teirbeirt,
 Cur mac na h-èilte gu dhùbhlan.

Coire gun easbhaidh gun iomrall,
 'S tric a bha Raibeart mu d' chomraich,
 Cha-n eil uair a ni mi t' iumradh,
 Nach tuit mo chridhe gu trom-chràdh.

“ 'S è sin mise Coir' an easain,
 Tha mi m' sheasaidh mar a b' àbhaist,
 Ma thà thu-sa na d' fhear ealaidh,
 Cluinneamaid annas do làimhe.”

An àill leat mis' a rusgadh cèdil dut,
 'S mi 'm shuidhe mar cheò air bealach,
 Gun spèis aig duine tha beò dhiom,
 O'n chaidh an Còrnalair fo' thalamb.

Mo chreach ! mo thùrsa, 's mo thruaighe !
 'Ga chur san uair so dhomh an ìre,
 Mhuinntir e chumadh rium uaisle,
 Bhi'n diugh anns an uaigh ga m' dhì-sa.

Na'n creideadh tu uam a choire,
 Gur h-e dorran sud air m' inntinn,
 S cuid mhor a ghabhail mo leath-sgeoil,
 Nach urrainn mi seasamh ri seinn dut.

“ Measar dhomh gur tu Mac Ruairidh,
 Chunna mi mar ris a Chòirneal,
 'N uair a bha e beò 'na bheatha
 Bu mhiann leis do leathaid 'na sheòmar.

“ Bu lion'ar de mhaithean na h-Eireann
 Thigeadh gu m' rèidhlean le h-ealaidh,
 Sheinneadh Ruairidh dall dhomh fàilte,
 Bhiodh Mac-Aoidh 's a chàirdean mar ris.”

O'n tha thus' a' caoidh nan àrmunn,
 Leis am b' àbhaist bhi 'ga d' thaghall,
 Gu'n seinn mi ealaidh gun duais dut,
 Ge fada uam 's mi gun fhradharc.

'S lionmhor caochla teachd san t-saoghal,
 Agus aobhar gu bhi dubhach ;
 Ma sheinneadh san uair sin dut fàilte,
 Seinnear an trà so dhuit cumha.

“ S è sin ceòl a's binne thruaighe,
 Chualas o linn Mhic-Aoidh Dhòmhnuille,
 'S fada mhaireas è am chluasan,
 An fhuaim a bh'aig tabhunn do mhedirean.

“ Beannachd dhut agus buaidh-làraich,
Ann 's gach àite 'n dean thu seasamh,
Air son do phuirt bhlasda, dhionaich,
Sa' ghrian a' teannadh ri feasgar.”

'S grianach t-uirsinn fèin a choire,
'S gun fhèigh a' tearnadh gu d' bhaile ;
'S iomadh neach do 'm b' fhiach do mholadh,
Do chliath chorrach, bhiadhchar, bhainneach.

Do chìob, do bhorran, do mhìlteach,
Do shlios a choire gur lìonach,
Lubach, luibheach, daite, dìonach,
'S fasgach do chuile 's gur fiarach.

Tha t' èideadh uil' air dhreach a' chanaich,
Cìrein do mhullaich cha chrannach,
Far 'm bi' na fèigh gu torrach,
'G èiridh farumach mu d'fhireach.

Sleamhuinn slios-fhad do shliochd àraich,
Gun an gart no'n càl mu t' ìosail,
Mangach, màghach, adhach, tearnach,
Graidheach, cràiceach, fradharc frìdhe.

Nedineineach, gucagach, mealach,
Lònanach, lusanach, ìmeach ;
'S bòrcach do ghorm luachair bhealaich,
Gun fhuachd ri doinninn ach cidheach.*

Seamragach, sealbhagach, duilleach,
Mìn leacach gorm-shlèiteach, gleannach,

* Ceathach.

Biadhchar, riabhach, riasgach, luideach,
Le 'n dìolta' cuideachd gun cheannach.

'S cruiteil leam gabhail do bhràighe,
Biolare t' uisge mu t' innsibh,
Mìodar, maghach, enocach càthair,
Gu breac blàth-mhor an uchd mìn fhèoir

Gu gormanach, tolmanach, àluinn,
Lochach, lachach, dosach, crai-ghia'ch,
Gadharach, faghaideach, bràidheach,
'G iomain na h-eilid gu nàmhaid.

Bùireineach, dubharach, bruachach,
Fradharcach, cròic-cheannach, uallach,
Fèdirneineach uisge nam fuaran,
Grad ghaisgeant' air ghasgan crualaich.

Colg-shuileach, fàileantadh, biorach,
Spang-shronach, eangladhrach, corrach,
'S an anmoch a's meanbh-luath sireadh,
Air mhìre a' dìreadh sa' chùire.

'Sa' mhadainn ag èiridh le'r miol-choin,
Gu mùirneach, maiseach, gasda, gniomhach,
Lùbach, leacach, glacach, sgiamhach,
Cràcach, cabrach, cnagach, fiamhach,

'N àm do'n Ghrèin dol air a h-uilinn,
Gu fuilteach, rèubach, gleusda, gunnach,
Snapach armach, calgach, ullamh,
Riachach, marbhach, tarbhach, giullach.

'N àm dhuinn bhi 'tearna' gu d' reidhleìn,
 Teinnteach, cainnteach, coinnleach, cèireach,
 Fìonach, còrnach, ceòlar, teudach,
 Ordail, eòlach, 'g òl le reite.

Sguiridh mi nis' dhìot a choire,
 O'n tha mi toilicht' dheth do sheanchas,
 Sguiridh mise shiubhal t' aonaich,
 Gus an d'thig Mac-Aoidh do dh' Alba.

Ach 's i mo dhùrachd dhut a choire,
 O'n 's mòr mo dhùil ri dol tharad,
 O'n tha sinn tuisleach 's a' mhonadh,
 Bimid a' teannadh gu 'bhaile.

A CHRIOCH

LIBRARY
1911

	<i>s.</i>	<i>d.</i>
Guthrie's Christian's Great Interest, 18mo, <i>cloth</i> ,	2	0
Hall's (Newman) Come to Jesus,	0	6
Haughton's "A Saviour for You,"	0	2
Highlanders' Book of Days. A Birth-day Book in Gaelic and English,	3	6
History of Prince Charles, and Jacobite Songs, ...	3	0
James' Anxious Inquirer,	1	0
Job to Ecclesiastes, 12mo, <i>bound</i> ,	0	6
Joseph, Life of, by Macfarlane, 18mo, <i>cloth</i> ,	1	6
Laoidhean Eadar-Theangaichte o'n Bheurla, <i>cloth</i> ,	0	6
Lessons on the Shorter Catechism, by Forbes, 18mo,	0	4
M'Callum's History of the Church of Christ, 8vo,	4	0
Maccallum's Sop as Gach Seid, 18mo, 2 pts., <i>each</i>	0	3
Macdonald's (Rev. Dr) Waters of Jordan, 18mo,	0	2
Macdonald's (Rev. Dr) Poems and Hymns, ...	2	6
M'Innes, (Rev. D.) Conversations in Gaelic and English, with preface by Professor Blackie,	1	0
Mackenzie's (A.) History of Scotland, Eachdraidh na H-Alba, 12mo, <i>cloth</i> ,	3	6
Mackenzie's, (J.) Beauties of Gaelic Poetry, <i>large paper edition</i> , royal 8vo,	21	0
Mackellar's Tourist's Hand-Book of Gaelic and English Phrases, with Pronunciation, ...	0	6
Macleod, Rev. Dr, Sermon on the Life of the late, by Rev. John Darroch, 8vo, <i>sewed</i> ,	0	6
Macleod, Rev. Norman, Caraid nan Gaidheal, 8vo, <i>half-bound calf</i> ,	18	0
MacLean and Macgregor's Gaelic Hymns, 18mo,	2	0
Macneill's Neniae, and other Poems, <i>cloth</i> , ...	2	0
Menzies' Collection of Gaelic Songs,	3	6
Muir's Sermon "Cumail Gu Daingean samhladh Bhriather Fallain," translation by the Rev A. Macintyre,	0	2
Nicolson's (Sheriff) Collection of Gaelic Proverbs, with English Translation, cr. 8vo, <i>2nd edition</i> ,	6	0
... The same, large paper, 4to,	21	0
Ossian's Poems, revised by Dr M'Lauchlan, <i>cloth</i> ,	3	0
Philipps' Seven Common Faults, translated by Rev. H. Maccoll, 12mo,	1	0
Proverbs of Solomon, 8vo, <i>sewed</i> ,	0	2
Psalm Book, Smith's or Ross's, large type, 18mo,	2	0
Psalm Book, Gaelic and English, on one page, ...	1	6
Queen (H. M.) Our Journal in the Highlands, Illustrated, translated into Gaelic by Rev. I. P. St Clair,	3	6

	s.	d.
Sankey's Hymns, translated by Rev. A. MacRae,	0	1
Sinner's (The) Friend, 12mo, <i>sewed</i>	0	3
Smith's (Rev. Dr J.) Sean Dana, with English Translation and Notes, by C. S. Jerram, ...	2	6
... Gaelic Prayers for Families, <i>sewed</i> , 1s., <i>cloth</i>	1	6
Thomson's (Dr) Sacramental Catechism, <i>sewed</i> ,	0	2

ENGLISH WORKS RELATING TO THE
HIGHLANDS.

Antient Erse Poems Collected among the Scottish Highlands, in order to Illustrate the OSSIAN of Mr Macpherson, 8vo, <i>sewed</i> ,	1	0
Blackie's (Prof.) Language and Literature of the Scottish Highlands, 8vo, <i>cloth</i> ,	6	0
Brown's History of the Scottish Highlands, Highland Clans, and Regiments, with Por- traits and Tartans, by Keltie, 2 vols., 56s. for	40	0
Cameron's Gaelic Names of Plants,	7	6
Logan's The Scottish Gael, or Celtic Manners of the Highlanders, 2 vols., <i>plates</i> , 28s. for	15	0
Macgregor's Life of Flora Macdonald and her adventures with Prince Charles, <i>cloth</i> , ...	3	6
M'Intyre (Rev. D.) on the Antiquity of the Gaelic Language, 8vo, <i>sewed</i> ,	1	6
Mackenzie's Tales and Legends of the Highlands,	2	6
... History of the Macdonalds, 8vo, <i>cloth</i> , ...	25	0
... Prophecies of the Brahan Seer, <i>cloth</i> , 1s.,	2	6
... History of the Highland Clearances ...	7	6
... The Isle of Sky in 1882-3,	3	6
Maclagan's Scottish Myths, Notes on Scottish History and Tradition, 8vo, <i>cloth</i> ,	7	6
M'Lauchlan's (Rev. Dr) Celtic Gleanings; or, Notices of the History and Literature of the Scottish Gael, fcap. 8vo, <i>cloth</i> ,	2	6
M'Naughton (Peter) on the Authenticity of the Poems of Ossian, 8vo, <i>sewed</i> ,	0	6
Masson's Vestigia Celtica: Celtic Footprints in Philology, Ethics, and Religion, cr. 8vo, <i>sewed</i> ,	2	0

BIBLES, TESTAMENTS, AND PSALM BOOKS,
AT VARIOUS PRICES AND BINDINGS.

